



Nuadh-chànanan Àrd-ìre Adhartach

Còd a' chùrsa:	C811 77	Cantonais
	C830 77	Fraingis
	C831 77	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)
	C834 77	Gearmailtis
	C842 77	Eadailtis
	C845 77	Mandairinis (Simplidh)
	C846 77	Mandairinis (Traidiseanta)
	C869 77	Spàinntis
Còd measaidh a' chùrsa	X811 77	Cantonais
	X830 77	Fraingis
	X831 77	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)
	X834 77	Gearmailtis
	X842 77	Eadailtis
	X845 77	Mandairinis (Simplidh)
	X846 77	Mandairinis (Traidiseanta)
	X869 77	Spàinntis
SCQF:	ìre 7 (32 puingean creideis SCQF)	
Dligheach bho:	seisean 2019-20	

Tha an sgrìobhainn seo a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach mun chùrsa agus measadh cùrsa gus dèanamh cinnteach gum bi measadh cunbhalach agus follaiseach bliadhna an dèidh bliadhna. Tha e a' toirt cunntas air structar a' chùrsa agus measadh a' chùrsa a thaobh nan sgilean, an eòlais agus na tuigse a tha air am measadh.

Tha an sgrìobhainn seo airson tidsearan agus òraidichean agus tha a h-uile fiosrachadh àithnteil ann a dh'fheumar gus an cùrsa a libhrigeadh.

Chan fhaodar am fiosrachadh san sgrìobhainn seo ath-riochdachadh ach mar thaic do theisteanasan SQA a-mhàin, air bunait neo-choimearsalta. Ma thèid ath-riochdachadh, feumar aithne shoilleir a thoirt do SQA. Ma thèid ath-riochdachadh airson adhbhar sam bith eile, feumar cead sgrìobhte fhaotainn bho permissions@sqa.org.uk.

An deasachadh seo: An Cèitean 2019 (dreach 2.0)

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2014, 2019

Clàr-innse

Geàrr-iomradh a' chùrsa	1
Feallsanachd a' chùrsa	2
Adhbhar agus amasan	2
Cò dhà a tha an cùrsa seo?	3
Susbaint a' chùrsa	4
Sgilean, eòlas agus tuigse	4
Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	5
Ionnsachadh airson Seasmhachd	5
Measadh a' chùrsa	6
Structar measaidh a' chùrsa: pàipear cheistean	6
Structar measaidh a' chùrsa: pròiseact folio	9
Stiùireadh air comharrachadh a' phròiseact folio	13
Structar measaidh a' chùrsa: còmhraidh	18
Stiùireadh air comharrachadh Còmhraidh	21
Rangachadh	27
Co-ionannachd agus in-ghabhaltas	28
Tuilleadh fiosrachaidh	29
Pàipear-taic 1: notaichean taice a' chùrsa	30
Ro-ràdh	30
A' leasachadh sgilean, eòlas agus tuigse	30
Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg	31
Ag ullachadh airson measadh cùrsa	37
Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	42
Pàipear-taic 2: clàr gràmair	44
Pàipear-taic 3: co-theacsan agus leasachadh chuspairean	47
Pàipear-taic 4: còd leasachaidh sgrìobhaidh	49

Geàrr-iomradh a' chùrsa

Tha 32 puingean creideis SCQF sa chùrsa seo, a tha a' toirt a-steach ùine ullachaidh airson measadh a' chùrsa. Is e 160 uair a thìde an ùine bharalach a bheir tagraichean airson an cùrsa a chrìochnachadh.

Tha ceithir eileamaidean ann am measadh a' chùrsa.

Co-phàirt	Comharra	Ùine
Co-phàirt 1: pàipear cheistean Leughadh agus Eadar-theangachadh	50	1 uair agus 30 mionaid
Co-phàirt 2: pàipear cheistean Èisteachd agus Sgrìobhadh Beachdail	70	1 uair agus 20 mionaid (Na Cànanan Shìneach 1 uair agus 45 mionaid)
Co-phàirt 3: pròiseact folio	30	faic an earrann 'Measadh a' chùrsa'
Co-phàirt 4: Còmhradh	50	mu 20 mionaidean faic an earrann 'Measadh a' chùrsa'

Inntrigeadh ga mholadh	Adhartas
Tha inntrigeadh don chùrsa seo an urra ris an ionad. Bu chòir do na tagraichean a bhith air a' chùrsa Nuadh-chànanan Àrd-Ìre no teisteanasan co-ionann agus/no eòlas fhaighinn mus tòisich iad air a' chùrsa seo.	♦ teisteanasan SQA eile ann an nuadh-chànanan no raointean co-cheangailte ♦ tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus/no trèanadh

Cùmhnantan duaise

Tha an ìre a thèid a bhuileachadh stèidhichte air na comharran iomlan a chaidh a choileanadh thar a h-uile pàirt de mheasadh a' chùrsa.

Feallsanachd a' chùrsa

Tha Cùrsaichean Nàiseanta a' nochdadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Bidh iad a' tabhann sùbailteachd, a' toirt ùine seachad airson ionnsachadh, a' cur fòcas air sgilean agus a' cur ionnsachadh an gnìomh, agus a' toirt cothrom airson pearsanachadh agus roghainn.

Bidh a h-uile cùrsa a' toirt chothroman do thagraichean farsaingeachd, dùbhlàn agus cleachdadh a leasachadh. Tha fòcas agus cothromachadh a' mheasaidh air an dèanamh freagarrach do gach cuspair.

Tha ionnsachadh cànan a' toirt comas do thagraichean ceanglaichean a dhèanamh ri diofar dhaoine agus an cultaran agus pàirt nas coileanta a ghabhail mar shaoranaich chruinneil. Tha an comas cànan a chleachdadh gu h-èifeachdach aig cridhe smaoinichadh agus ionnsachaidh. Bidh tagraichean a' meòrachadh, a' conaltradh agus a' leasachadh bheachdan tro chànan.

Tha tabhartas sònraichte aig sgrùdadh nuadh-chànan ri leasachadh mothachadh cultarach, a' toirt chothroman do thagraichean an tuigse agus an tlachd à cultaran eile agus an cultaran fhèin a neartachadh.

Adhbhar agus amasan

Bheir an cùrsa tuilleadh leasachaidh air na sgilean leughaidh, èisteachd, labhairt agus sgrìobhaidh gus aon de na cànanan a leanas a thuigsinn agus a chleachdadh:

- ◆ Cantonais
- ◆ Fraingis
- ◆ Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)
- ◆ Gearmailtis
- ◆ Eadailtis
- ◆ Mandairinis (Sìmplidh no Traidiseanta)
- ◆ Spàinntis

Bheir an cùrsa cothroman do thagraichean raon farsaing de sgilean a leasachadh agus a leudachadh. Gu sònraichte, tha e ag amas air comas a thoirt do thagraichean:

- ◆ sgilean adhartach a leasachadh ann an leughadh, èisteachd, labhairt, agus sgrìobhadh, mar a tha iomchaidh don adhbhar, don luchd-èisteachd agus don cho-theacsa
- ◆ raon de mheadhanan eadar-dhealaichte a chleachdadh gu h-èifeachdach airson ionnsachadh agus conaltradh
- ◆ barrachd tuigse fhaighinn air mar a tha cànan ag obair
- ◆ sgilean cànan àrd-ìre a chleachdadh gus beachdan agus fiosrachadh a thuigsinn agus a chonaltradh ann an co-theacsan a' chomainn-shòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar
- ◆ tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air eòlas gràmair
- ◆ tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air sgilean eadar-theangachaidh

- ♦ smaoineachadh cruthachail agus breithneachail a chleachdadh gus beachdan agus argamaidean a cho-chur
- ♦ sgilean a leasachadh ann an luach litreachais
- ♦ sgilean ionnsachaidh neo-eisimeileach a leasachadh a' gabhail a-steach sgilean rannsachaidh agus mion-sgrùdaidh
- ♦ barrachd a chur ris an tlachd agus an tuigse mun chultar aca fhèin agus cultaran eile
- ♦ sgrùdadh a dhèanamh air nàdar eadar-cheangailte chànanan

Cò dhà a tha an cùrsa seo?

Tha an cùrsa seo freagarrach do tagraichean a tha airson an tuigse agus an cleachdadh air cànan iom-fhillte agus snasail a leasachadh tro raon de sgilean àrd-ìre. Bheir e cothroman do thagraichean an ionnsachadh a phearsanachadh a rèir am feumalachdan agus miannan pearsanta agus dreuchdail.

Bheir an cùrsa Nuadh-chànanan Àrd-Ìre Adhartach dùbhlain acadaimigeach agus pearsanta do thagraichean. Tha e a' toirt slighe dhaibhsan a tha airson a dhol air adhart gu trèanadh nas speisealaichte, foghlam adhartach, no faighinn a-steach do raon farsaing de dh'obraichean is dhreuchdan.

Susbaint a' chùrsa

Bheir an cùrsa cothrom do thagraichean sgilean leughaidh, èisteachd, còmhraidh agus sgrìobhaidh a leasachadh anns an nuadh-chànan, agus an eòlas agus an tuigse air cànan iom-fhillte agus snasail a leasachadh ann an co-theacsan a' chomainn-shòisealta, ionnsachaidh, comas-cosnaidh agus cultar.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt tar-shealladh farsaing air na sgilean, eòlas agus tuigse cuspair a thèid a leasachadh sa chùrsa:

- ◆ sgilean leughaidh, èisteachd, còmhraidh agus sgrìobhaidh adhartach anns an nuadh-chànan, mar a tha iomchaidh don adhbhar agus don luchd-èisteachd, ann an co-theacsan a' chomainn-shòisealta, ionnsachadh, comas-cosnaidh, cultar
- ◆ eòlas agus tuigse adhartach a tha riatanach gus cànan iom-fhillte agus adhartach a thuigsinn agus a chleachdadh, mar a tha iomchaidh don adhbhar agus don luchd-èisteachd, ann an co-theacsan a' chomainn-shòisealta, ionnsachadh, comas-cosnaidh, cultar
- ◆ cleachdadh eòlas gràmair adhartach airson an nuadh-chànan a leughadh, èisteachd ris agus a chleachdadh
- ◆ a' cleachdadh sgilean co-dhùnaidh gus teacsaichean iom-fhillte agus adhartach a mhion-sgrùdadh agus a mheasadh anns an nuadh-chànan
- ◆ a' cleachdadh eòlas agus tuigse adhartach gus cànan iom-fhillte agus adhartach eadar-theangachadh
- ◆ mion-sgrùdadh air litreachas, meadhanan no cànan ann an obair taobh a-staigh co-theacs an nuadh-chànain

Sgilean, eòlas agus tuigse airson measadh a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt seachad mion-fhiosrachadh mu sgilean, eòlas agus tuigse a tha ga shamplachadh ann am measadh a' chùrsa:

Pàipearan ceiste Leughaidh agus Eadar-theangachadh, Èisteachd agus Sgrìobhadh Beachdail

Thèid tagraichean a mheasadh air na ceithir co-theacsan: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnaidh, agus cultar.

Pròiseact folio

Bidh tagraichean a' taisbeanadh an sgilean mion-sgrùdaidh a thaobh litreachas, meadhanan no cànan nan obair, ann an co-theacs an nuadh-chànain. Sgrìobhaidh tagraichean am pròiseact folio aca anns a' Bheurla.

Còmhraidh

Bidh tagraichean a' taisbeanadh nan sgilean còmhraidh san nuadh-chànan ann an còmhraidh le neach-measaidh tadhail.

Tha fiosrachadh mu eòlas gràmair anns a' chlàr gràmair airson Nuadh-chànanan. Bheir an clàr co-theacsa, cuspairean agus leasachadh cuspair, liosta de chuspairean a chaidh a mholadh airson gach co-theacsa. Gheibhear iad seo ann an notaichean taic a' chùrsa.

Tha na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a tha sa chùrsa iomchaidh airson ìre SCQF a' chùrsa. Tha na tuairisgeulan ìre SCQF a' toirt tuilleadh fiosrachaidh mu fheartan agus coileanadh ris am biodh dùil aig gach ìre SCQF, agus tha iad rim faighinn air làrach-lìn SCQF.

Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh

Tha an cùrsa seo a' cuideachadh tagraichean gus sgilean farsaing, coitcheann a leasachadh. Tha na sgilean seo stèidhichte air [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Cosnadh](#) agus a' tarraing bho na prìomh raointean sgilean a leanas:

1 Litearrachd

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh
- 1.3 Èisteachd agus còmhraidh

4 Comas-cosnaidh, iomairt agus saoranachd

- 4.6 Saoranachd

5 Sgilean smaoineachaidh

- 5.3 Cur an gnìomh
- 5.4 Mion-sgrùdadh agus luachadh

Feumaidh tidsearan agus òraidichean na sgilean seo a thoirt a-steach don chùrsa aig ìre iomchaidh, far a bheil cothroman freagarrach.

Ionnsachadh airson Seasmhachd

Tha SQA dealasach a thaobh cothroman aithneachadh airson luachan, sgilean, eòlas agus tuigse co-cheangailte ri Ionnsachadh airson Seasmhachd a leasachadh taobh a-staigh gach Cùrsa Nàiseanta.

Measadh a' chùrsa

Tha measadh a' chùrsa stèidhichte air an fhiosrachadh anns an t-sònrachadh cùrsa seo.

Coileanaidh measadh a' chùrsa adhbharan agus amasan a' chùrsa le bhith a' dèiligeadh ri:

- ♦ farsaingeachd – a' tarraing air eòlas agus sgilean bho air feadh a' chùrsa
- ♦ dùbhlán – feum air barrachd doimhneachd no leudachaidh air eòlas agus/no sgilean
- ♦ cur an gnìomh – feum air eòlas agus/no sgilean a chur an gnìomh ann an co-theacsan practaigeach no teòiridheach mar a bhios iomchaidh

Leigidh seo le tagraichean:

- ♦ fiosrachadh labhairteach agus sgrìobhte a tha iom-fhillte agus adhartach a thuigsinn san nuadh-chànan bho na co-theacsan comainn-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnaidh, cultar
- ♦ cànan labhairteach agus sgrìobhte a tha iom-fhillte agus adhartach a chleachdadh san nuadh-chànan bho na co-theacsan comainn-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnaidh, cultar
- ♦ mion-sgrùdadh a dhèanamh air litreachas, meadhanan no cànan cosnaidh taobh a-staigh co-theacs an nuadh-chànain

Structar measaidh a' chùrsa: pàipear cheistean

Pàipear cheistean: Leughadh agus Eadar-theangachadh

50 comharra

Tha pàipeir nan ceistean seo leigeil le tagraichean farsaingeachd, dùbhlán agus cur an gnìomh a nochdadh ann an sgilean leughaidh is eadar-theangachadh.

Tha riarachadh iomlan de 50 comharra aig pàipear nan ceistean. Is e seo 25% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Tha e a' toirt cothrom do thagraichean na leanas a nochdadh:

- ♦ tuigse air cànan sgrìobhte iom-fhillte agus adhartach bho aon de na co-theacsan a leanas: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnaidh, cultar
- ♦ comharrachadh nam prìomh phuingean agus mion-fhiosrachadh taiceil
- ♦ comharrachadh agus mìneachadh adhbhar iomlan an teacsa, a' cleachdadh sgilean co-dhùnaidh
- ♦ eadar-theangachadh aon earrann den teacsa gu Beurla
- ♦ a' cleachdadh eòlas is tuigse adhartach air an nuadh-chànan
- ♦ a' cleachdadh eòlas agus tuigse gràmair adhartach

Faodaidh tagraichean faclair dà-chànanach a chleachdadh.

Tha dà earrann ann am pàipear nan ceistean seo.

Ann an earrainn 1, leughaidh tagraichean aon teacsa sa chànan ùr-nodha. Tha an teacsa ceangailte ri aon de na co-theacsan a leanas: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar.

Bidh tagraichean an uair sin a' freagairt ceistean sa Bheurla. Bheir iad seachad freagairtean stèidhichte air tuigse air fiosrachadh bhon teacsa. Anns a' cheist leth-dheireannach feumaidh tagraichean adhbhar iomlan an teacsa aithneachadh, a' toirt taic don fhreagairt aca le iomradh air puingeann a rinn an t-ùghdar, agus beachd a thoirt air cleachdadh cànan agus dòighean-obrach.

Ann an earrainn 2, feumaidh tagraichean eadar theangachadh an teacsa le loidhne fodha, a tha air a roinn na dheich aonadan mothachaidh.

Tha comharran rim faighinn airson:

- ◆ comharrachadh nam prìomh phuingeann agus mion-fhiosrachadh taiceil (23 comharra)
- ◆ comharrachadh adhbhar iomlan (7 comharra)
- ◆ ag eadar-theangachadh pàirt den theacsa gu Beurla (20 comharra)

Seatadh, libhrigeadh agus comharrachadh pàipear nan ceistean

Tha SQA a' seatadh agus a' comharrachadh pàipear nan ceistean seo. Tha e air a libhrigeadh ann an ionadan fo chumhachan a chaidh a shònrachadh airson deuchainnean taobh a-muigh le SQA.

Tha 1 uair a thìde agus 30 mionaid aig tagraichean airson pàipear nan ceistean seo a chrìochnachadh.

Pàipear cheistean: Èisteachd agus Sgrìobhadh Beachdail

70 comharra

Tha pàipeir nan ceistean seo a' leigeil le tagraichean farsaingeachd, dùbhlann agus cur an gnìomh a nochdadh anns na sgilean èisteachd agus sgrìobhaidh beachdail.

Tha riarachadh iomlan de 70 comharra aig pàipear nan ceistean. Is e seo 35% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Tha e a' toirt cothrom do thagraichean na leanas a nochdadh:

- ◆ tuigse air cànan labhairteach iom-fhillte agus adhartach ann am fèin-labhairt agus còmhraidh bho aon de na co-theacsan a leanas: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar
- ◆ comharrachadh nam prìomh phuingeann agus mion-fhiosrachadh taiceil
- ◆ a' cleachdadh eòlas is tuigse adhartach air an nuadh-chànan
- ◆ a' cleachdadh eòlas agus tuigse gràmair adhartach
- ◆ cleachdadh cànan sgrìobhte iom-fhillte agus adhartach anns an nuadh-chànan bho aon de na co-theacsan a leanas: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar

Earrann 1: Èisteachd (30 comharra)

Tha dà roinn anns an earrann seo.

- ♦ roinn 1: bidh tagraichean ag èisteachd ri fèin-labhairt anns an nuadh-chànan, agus a' freagairt cheistean airson 10 comharra
- ♦ roinn 2: bidh tagraichean an uair sin ag èisteachd ri aon chòmhradh anns an nuadh-chànan, le ceistean airson 20 comharra

Tha na teacsaichean ceangailte gu cuspaireil tha iad stèidhichte air aon de na co-theacsan nach deach samplachadh anns an leughadh. Bidh na ceistean anns a' Bheurla agus freagraidh na tagraichean anns a' Bheurla.

Earrann 2: Sgrìobhadh Beachdail (40 comharra)

Tha aon roinn anns an earrann seo. Bidh tagraichean a' sgrìobhadh 250–300 facal (300–400 caractar Sionach) a' cleachdadh cànan iom-fhillte agus adhartach anns a' chànan ùr. Tha taghadh de cheithir tiotalan ann, agus bidh tagraichean a' dèanamh aiste air aon de na co-theacsan a leanas: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar.

Faodaidh tagraichean faclair dà-chànanach a chleachdadh airson gach cuid earrann 1 agus earrann 2.

Seatadh, libhrigeadh agus comharrachadh pàipear nan ceistean

Tha pàipear nan ceistean seo air a sheatadh agus air a chomharrachadh le SQA, agus tha e air a libhrigeadh ann an ionadan fo chumhachan a chaidh a shònrachadh airson deuchainnean taobh a-muigh le SQA.

Tha 1 uair a thìde agus 20 mionaid aig tagraichean airson pàipear nan ceistean seo a chrìochnachadh.

Airson cànanan Sionach, tha 1 uair a thìde agus 45 mionaid aig tagraichean airson pàipear nan ceistean seo a chrìochnachadh.

Bithear a' foillseachadh eisimpleirean de phàipearan-cheistean airson cùrsaichean Àrd-Ìre Adhartach air làrach-lìn SQA. Tha iad sin a' nochdadh inbhe, structar agus riatanasan nam pàipearan-cheistean. Tha na pàipearan eisimpleir cuideachd a' toirt a-steach stiùireadh comharrachaidh.

Structar measaidh a' chùrsa: pròiseact folio

Pròiseact folio

30 comharra

Tha riarachadh iomlan de 30 comharra aig a' phasgan-obrach. Is e seo 15% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Bidh tagraichean a' taghadh aon de na roghainnean pròiseact folio a leanas:

- ♦ stèidhichte air litreachas
- ♦ stèidhichte air na meadhanan
- ♦ stèidhichte air cànan cosnadh

Airson am pròiseact folio feumaidh tagraichean aiste a dhèanamh ann am Beurla, stèidhichte air an rannsachadh aca air litreachas, na meadhanan no cànan cosnadh. Feumaidh tiotal iomchaidh a bhith aig an aiste, a tha a' nochdadh am fòcas a chaidh a thaghadh airson mion-sgrùdadh.

Tha e a' toirt cothrom do thagraichean na sgilean, eòlas agus tuigse a leanas a nochdadh:

- ♦ litreachas, meadhanan no cànan cosnadh a sgrùdadh taobh a-staigh co-theacs an nuadh-chànain

Seatadh, libhrigeadh agus comharrachadh a' phròiseact folio

Tha am pròiseact folio:

- ♦ air a sheatadh le ionadan taobh a-staigh stiùiridhean SQA
- ♦ air a choileanadh fo bheagan aireachais is smachd

Thathar a' cur a-steach fianais chun an SQA airson comharrachadh bhon taobh a-muigh. Bidh SQA a' dèanamh measadh càileachd air a' chomharrachadh uile.

Cumhaichean measaidh

Ùine

Tha am measadh seo air a dhèanamh thar ùine. Bu chòir do thagraichean tòiseachadh aig àm iomchaidh sa chùrsa.

Aireachas, smachd agus dearbhadh

Bu chòir do thidsearan is òraidichean dòighean a chur an sàs gus fianais thagraichean a dhearbhadh, mar eisimpleir:

- ♦ àite-sgrùdaidh cunbhalach agus/no coinneamhan adhartais le tagraichean
- ♦ agallamhan pearsanta le sgrùdadh goirid
- ♦ liostaichean-sgrùdaidh a bhios a' clàradh gnìomhachd agus/no adhartas
- ♦ clàr fìor de na stòran air an deach co-chomhairleachadh

Feumaidh tidsearan is òraidichean an dleastanas proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gur e obair an tagraiche fhèin am fianais a chuir tagraiche a-steach.

Goireasan

Chan eil crìochan as àirde air an àireamh de ghoireasan a dh' fhaodadh a bhith aig tagraichean; ach, tha na cumhaichean a leanas an sàs:

Pròiseact folio stèidhichte air litreachas

Feumaidh mion-sgrùdadh litreachais **co-dhiù dà stòr** a chleachdadh san nuadh-chànan. Feumaidh a' chiad fhear dhiubh sin a bhith na theacsa litreachais sgrìobhte. Faodaidh an dàrna fear a bhith na theacsa litreachais eile no mar stòr fiosrachaidh iomchaidh sam bith eile, mar eisimpleir lèirmheas no film.

Airson stòr teacsa litreachais:

- ♦ tha e cudromach cuimhneachadh nach eil bacadh sam bith air fad teacsa litreachais – faodaidh e a bhith mar rud sam bith bho aon dàn gu nobhail – ach feumaidh e a bhith sgrìobhte airson luchd-labhairt na cànan amais agus a bhith air a leughadh anns an dreach thùsail aige
- ♦ chan eil e iomchaidh stòr a chleachdadh a chaidh eadar-theangachadh dhan chànan amais, mar eisimpleir eadar-theangachadh Spàinntis de nobhail Gearmailteach
- ♦ faodaidh stòran a bharrachd a bhith sa chànan amais ach faodaidh iad a bhith sa Bheurla cuideachd

Far a bheil tagraichean a' taghadh film mar dhàrna stòr:

- ♦ feumaidh gun deach e a dhèanamh airson luchd-labhairt a' chànan amais — chan eil dreach dubaichte de dh'fhilm a chaidh a dhèanamh sa Bheurla an toiseach iomchaidh
- ♦ bu chòir coimhead air anns a' chruth thùsail aige, agus às aonais fo-thiotalan Beurla
- ♦ chan eil glacadh-sgrìn an fhilm sin a' cunntadh mar stòr a bharrachd

Pròiseact folio stèidhichte air na meadhanan

Feumaidh mion-sgrùdadh stèidhichte air na meadhanan **co-dhiù dà stòr** san nuadh-chànan a chleachdadh, le co-dhiù aon dhiubh a bhith na theacsa sgrìobhte. Feumaidh a' chiad fhear dhiubh sin a bhith na theacsa meadhanan. Tha teacsa meadhanan a' gabhail a steach susbaint bho thaigh-dhealbh, rèidio, Tbh, pàipearan-naidheachd, irisean, meadhanan stèidhichte air an eadar-lìon no meadhanan didseatach eile. Faodaidh an dàrna fear a bhith na theacsa meadhanan eile no mar stòr fiosrachaidh iomchaidh sam bith eile, mar eisimpleir nobhail no lèirmheas.

Airson stòr teacsa meadhanan:

- ♦ feumaidh gun deach e a dhèanamh airson luchd-labhairt a' chànan amais — chan eil dreach dubaichte de dh'fhilm a chaidh a dhèanamh sa Bheurla an toiseach iomchaidh
- ♦ bu chòir coimhead air fiolmaichean anns a' chruth thùsail aca, agus às aonais fo-thiotalan Beurla

- ♦ ma thaghas tagraichean film mar stòr, chan eil glacadh-sgrìn an fhilm sin a' cunntadh mar stòr a bharrachd
- ♦ faodaidh stòran a bharrachd a bhith sa chànan amais ach faodaidh iad a bhith sa Bheurla cuideachd

Pròiseact folio stèidhichte air cànan cosnaidh

Feumaidh mion-sgrùdadh stèidhichte air cànan cosnaidh **co-dhiù dà stòr** san nuadh-chànan a chleachdadh. Feumaidh co-dhiù aon dhiubh sin a bhith na theacsa sgrìobhte. Faodaidh am fear eile a bhith na theacsa sgrìobhte no na stòr fiosrachaidh iomchaidh sam bith eile, mar eisimpleir litreachas companaidh, agallamhan clàraichte, stòran meadhanan, suirbhidhean, ceisteachain, fiosrachadh a fhuairleadh bho eòlas obrach.

Thoir an aire: chan eil e mar riatanas air tagraichean iomradh dìreach a thoirt air a h-uile stòr ris an deach co-chomhairleachadh ann an aistean a' phròiseact folio aca ach feumaidh iad gach fear dhiubh a liostadh anns a' chlàr-leabhraichean na chois, anns am bu chòir na leanas a bhith ann:

- ♦ leabhraichean: sloinneadh agus ciad ainm an ùghdair, tiotal an leabhair, foillsichear, bliadhna foillseachaidh
- ♦ filmichean: ainm an fhilm, ainm an stiùiriche, bliadhna foillseachaidh
- ♦ artaigilean no aithisgean: ainm an ùghdair (ma tha fios), tiotal, ainm foillseachaidh, dùthaich às an tàinig e, ceann-latha foillseachaidh, àireamh(ean) na duilleige (ma tha sin iomchaidh)
- ♦ stòran eadar-lìn: ainm an ùghdair (ma tha e aithnichte), tiotal an artaigil (ma tha sin iomchaidh), URL slàn agus ceann-latha air an deach inntrigeadh

Tha dìth clàr-leabhraichean a' toirt peanas; ach, chan eil am peanas seo a' buntainn ma tha an tagraiche air oidhirp air choireigin a dhèanamh gus fear a ghabhail a-steach, fiù 's ma tha e gann.

Cuideachadh reusanta

Bu chòir do thagraichean a bhith air thoiseach ann am planadh, rannsachadh, stiùireadh agus crìochnachadh na h-obrach. Ach, faodaidh an tidsear no òraidiche taic a thoirt do thagraichean fòcas, cuspair agus tiotal na h-aiste a thaghadh.

Tha an teirm 'cuideachadh reusanta' air a cleachdadh gus an fheum airson taic a chothromachadh leis an fheum a bhith a' seachnadh cus cuideachaidh. Ma tha feum aig tagraichean air barrachd air na thathar a' meas mar 'cuideachadh reusanta', dh'fhaodadh nach bi iad deiseil airson measadh no dh'fhaodadh gun deach an clàradh aig ìre ceàrr an teisteanais.

Faodaidh tidsearan agus òraidichean cuideachadh reusanta a thoirt air bunait choitcheann do chlas no do bhuidheann de thagraichean. Faodaidh e cuideachd a bhith air a thoirt do thagraichean fa leth. Ach nuair a thathar a' toirt cuideachadh do thagraichean neach-ri-neach ann an co-theacs rudeigin a tha iad air a dhèanamh no air a thaisbeanadh mar-thà, tha cunnart ann gun tig e gu bhith na thaic do mheasadh agus gum faodadh seo a bhith a' dol nas fhaide na cuideachadh reusanta.

Fianais ri thional

Feumar an fhianais tagraiche a leanas airson na h-obrach-sònraichte seo:

- ♦ aon aiste sa Bheurla, a' gabhail a-steach clàr-leabhraichean

Feumaidh tagraidhean thagraichean a bhith saor bho notaichean sam bith.

Feumaidh tagraichean an àireamh fhaclan a chuir a-steach leis a' phròiseact folio.

Meud

Bu chòir gum bi am pròiseact folio eadar 1,200–1,500 facal, às aonais luachan agus clàr-leabhraichean.

Ma tha an àireamh fhaclan nas àirde na 10% den chrìch as àirde, no mura h-eil cunntas facal no clàr-leabhraichean air a ghabhail a-steach, thèid peanas a chur an sàs.

Stiùireadh air comharrachadh a' phròiseact folio

Ann an co-rèir ri cleachdadh àbhaisteach SQA, tha an stiùireadh air comharrachadh a leanas, a tha a' buntainn ris a' phròiseact folio Àrd-ìre Adhartach, ga sheòladh ris an neach-cheartachaidh. Bidh iad cuideachail mar an ceudna ma thathar ag ullachadh tagraichean airson measadh a' chùrsa.

Thathar a' cur a-steach fianais bho tagraichean chun an SQA airson comharrachadh bhon taobh a-muigh.

Prionnsapalan coitcheann air comharrachadh

Feuch gun cuir thu na prionnsapalan coitcheann seo an gnìomh an-còmhnaidh. Cleachd iad còmhla ris an stiùireadh mhionaideach air comharrachadh, a tha ag ainmeachadh nam prìomh fheartan a tha riatanach ann am freagairtean tagraichean.

- Cleachd comharrachadh deimhinneach an-còmhnaidh. Tha seo a' ciallachadh gum bi tagraichean a' cruinneachadh chomharran far a bheil iad a' taisbeanadh sgilean, eòlas is tuigse a tha buntainneach; chan eilear a' toirt chomharran air falbh airson mhearachdan no dearmadan.
- Mura h-eil coltas gu bheil freagairt tagraiche a freagairt air na prionnsapalan no an stiùireadh ceartachaidh mionaideach, agus nach eil thu cinnteach ciamar a nì thu measadh air, feumaidh tu stiùireadh a shireadh bhon stiùiriche sgioba agad.
- Tha measadh iomlanach. Faodaidh neartan agus laigsean a bhith ann; tha measadh a' cuimseachadh cho fada 's a ghabhas air na neartan, a' toirt aire do laigsean a-mhàin far a bheil iad a' toirt buaidh mhòr air a' bheachd iomlan. Chan fheum coileanadh tagraiche a bhith foirfe airson làn chomharran fhaighinn.

Stiùireadh mionaideach air comharrachadh

Bu chòir dhut beachdachadh air na trì taobhan a leanas den phròiseact folio:

- ◆ susbaint: tuigse, mion-sgrùdadh
- ◆ stoidhle: cleachdadh briathrachas breithneachail, a' togail luaidh bho stòran
- ◆ eagrachadh: co-leanailteachd, structar, soilleireachd

Dèan measadh an-còmhnaidh air càileachd iomlan a' phròiseact folio mu choinneamh nan tuairisgeulan comharran stèidhichte. Air a bheachdachadh gu h-iomlan, gheibh am pròiseact folio an comharra stèidhichte a tha ga mhìneachadh as mionaidiche.

Faodaidh tagraichean comas a thaisbeanadh thairis air barrachd air aon chomharra stèidhichte. Tha e an-còmhnaidh cudromach measadh a dhèanamh air dè as urrainn don tagraiche a dhèanamh, agus mar sin a' comharrachadh na tha deimhinneach.

Bu chòir gum bi am pròiseact folio eadar 1,200–1,500 facal, às aonais luachan agus clàr-leabhraichean. Ma tha an àireamh fhaclan nas àirde na 10% den chrìch as àirde, no mura h-eil cunntas facal no clàr-leabhraichean air a ghabhail a-steach, thèid peanas de aon

comharra stèidhichte a chur an sàs. Thoir an aire: faodar suas ri aon pheanas a chuir air pròiseact folio.

Feumaidh tagraichean cothrom fhaighinn air co-dhiù dà stòr san nuadh-chànan. Mura faigh tagraiche ach aon stòr, thoir seachad 15 comharra aig a' char as àirde. Mura h-eil fianais ann gun d'fhuair tagraiche cothrom air stòran sam bith sa nuadh-chànan, thoir seachad 0 comharran.

A' cleachdadh a' chlàr chomharran stèidhichte air na duilleagan a leanas, tagh an toiseach sreath a' chlàr anns a bheil na tuairisgeulan a' freagairt nas dlùithe ri pròiseact folio an tagraiche.

Aon uair 's gu bheil an t-sreath sin air a thaghadh:

- ◆ far a bheil an fhianais gu ìre mhòr a rèir nan tuairisgeulan thar gach taobh den obair, thoir seachad an comharra as àirde den dà chomharra a tha rim faotainn
- ◆ far a bheil an fhianais gu ìre mhòr a rèir nan tuairisgeulan thar a' mhòr chuid den obair, thoir seachad an comharra as ìsle den dà chomharra a tha rim faotainn
- ◆ ma tha teagamh ann air dè an t-sreath a mach as an dà shreath ri taobh a chèile a thèid a thaghadh, tagh an t-sreath as àirde agus thoir seachad a' chomharra stèidhichte as ìosal san t-sreath sin

Tha an tagraiche:

Susbaint (tuigse, mion-sgrùdadh)	Stoidhle (cleachdadh briathrachas breithneachail, a' togail luaidh bho stòran)	Eagrachadh (co-leanailteachd, structar, soilleireachd)	Comharra stèidhichte
◆ air tiotal pongail a thaghadh a tha a' mìneachadh fòcas a' mhion-sgrùdaidh gu soilleir ◆ air stòran a thaghadh a tha ag obair gu math còmhla agus a tha gu soilleir a' toirt taic don mhion-sgrùdadh ◆ a' cleachdadh dòigh-obrach sgrùdail/èiginneach, le argamaidean reusanta agus buntainneach ◆ gu cunbhalach a' taisbeanadh tuigse air fòcas an sgrùdaidh	◆ a' taisbeanadh fianais mhionaideach bho stòran gus taic a thoirt do na co-dhùnaidhean a chaidh a dhèanamh ◆ a' gabhail a-steach raon de luachan iomchaidh bho stòran ◆ a' cleachdadh raon de bhriathrachas breithneachail no speisealta mar a bhios iomchaidh ◆ a' cumail modh-chànain iomchaidh air feadh, le glè bheag de chleachdadh air a' chiad phearsa	◆ a' sgrìobhadh ann an dòigh eagraichte agus le structar math ◆ a' taisbeanadh sgrìobhadh a tha co-leantailteach troimhe ◆ a' taisbeanadh agus a' luachadh sreath argamaidean agus a' tighinn gu co-dhùnaidhean a tha a' buntainn gu dìreach ris an tiotal agus am fòcas taghte airson mion-sgrùdadh	30 no 27
◆ air tiotal a thaghadh a mhìnicheas fòcas a' mhion-sgrùdaidh ◆ air stòran a thaghadh a tha a' toirt taic don mhion-sgrùdadh ◆ a' cleachdadh dòigh-obrach sgrùdail/èiginneach, le argamaidean reusanta no buntainneach ◆ a' taisbeanadh tuigse air fòcas an sgrùdaidh	◆ a' taisbeanadh fianais bho stòran gus taic a thoirt do na co-dhùnaidhean a chaidh a dhèanamh ◆ a' gabhail a-steach luachan iomchaidh bho stòran ◆ a' cleachdadh briathrachas breithneachail no speisealta mar a bhios iomchaidh ◆ a' cumail modh-chànain iomchaidh, le glè bheag de chleachdadh air a' chiad phearsa ◆ 's dòcha gum bi beagan laigse ann an abairtean agus/no co-chàradh Beurla	◆ a' sgrìobhadh le structar math ◆ a' nochdadh sgrìobhadh a tha co-leanailteach, ged a dh'fhaodadh gum bi beagan dìth shoilleireachd ach nach eil a' toirt buaidh air a' bheachd iomlan ◆ a' taisbeanadh agus a' luachadh argamaidean agus a' feuchainn ri co-dhùnaidhean a dhèanamh a' buntainn ris an tiotal agus fòcas taghte airson mion-sgrùdadh	24 no 21

Tha an tagraiche:

Susbaint (tuigse, mion-sgrùdadh)	Stoidhle (cleachdadh briathrachas breithneachail, a' togail luaidh bho stòran)	Eagrachadh (co-leanailteachd, structar, soilleireachd)	Comharra stèidhichte
♦ air tiotal a thaghadh a mhìnicheas fòcas a' mhion-sgrùdadh ach 's dòcha nach eil gu tùr soilleir ♦ air stòran a thaghadh a tha a' toirt taic don mhion-sgrùdadh san fharsaingeachd ♦ a' nochdadh cuid de fheartan dòigh-obrach sgrùdail/breithneachail, le beagan oidhirp air argamaid agus/no mion-sgrùdadh ♦ a' taisbeanadh beagan tuigse air fòcas an sgrùdadh ♦ 's dòcha nach do sheall iad ach air aon stòr anns an nuadh-chànan	♦ a' taisbeanadh beagan fianais bho stòran gus taic a thoirt do na co-dhùnaidhean a chaidh a dhèanamh ♦ a' toirt a-steach luachan bho stòran nach eil an-còmhnaidh ceart ♦ 's dòcha gun cleachd iad briathrachas breithneachail no speisealta mar a bhios iomchaidh ♦ mar as trice a' cumail modh-chànain iomchaidh, ach uaireannan faodar a' chiad phearsa a chleachdadh ♦ 's dòcha gum bi laigse ann an abairtean agus/no co-chàradh Beurla	♦ a' sgrìobhadh le beagan mothachadh air structar ♦ a' nochdadh sgrìobhadh a tha co-leantaileach san fharsaingeachd, ged a dh'fhaodadh gum bi beagan dìth shoilleireachd a' toirt buaidh air a' bheachd iomlan ♦ a' taisbeanadh argamaidean agus a' feuchainn ri co-dhùnaidhean a dhèanamh nach eil an-còmhnaidh a' buntainn ris an tiotal agus fòcas taghte airson mion-sgrùdadh	18 no 15
♦ air tiotal a thaghadh a dh'fhaodadh nach eil soilleir no nach eil a' cruthachadh dòigh-obrach luachaidh agus/no beachdail ♦ air stòran a thaghadh a dh'fhaodadh nach cuir taic ri mion-sgrùdadh ♦ tha duilgheadas aca a dhol nas fhaide na dòigh-obrach a tha dìreach fiosrachail ♦ a' nochdadh beagan mì-thuigse air fòcas an sgrùdadh ♦ faodaidh nithean a bhith ann aig nach eil buntainneas ri tiotal no fòcas na h-aiste ♦ 's dòcha nach do sheall iad ach air aon stòr anns an nuadh-chànan	♦ a' taisbeanadh glè bheag de dh' fhianais bho stòran gus taic a thoirt do na co-dhùnaidhean a chaidh a dhèanamh ♦ a' toirt a-steach cuid luachan bho stòran 's dòcha nach eil iomchaidh no ceart ♦ dh'fhaodadh gum bi duilgheadas aca modh-chànain iomchaidh a chumail ♦ tha duilgheadas aca briathrachas breithneachail no speisealta a chleachdadh gu h-iomchaidh ♦ 's dòcha gum bi laigse ann an abairtean agus/no co-chàradh Beurla ♦ faodaidh cuid de mhearachdan fìrinneach a bhith ann	♦ a' sgrìobhadh gun structar soilleir, a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air conaltradh ♦ a' nochdadh sgrìobhadh nach eil co-leantaileach ann an àiteachan agus a tha a' cur bacadh air a' bheachd iomlan ♦ tha duilgheadas aca argamaidean a thaisbeanadh agus tighinn gu co-dhùnaidhean	12 no 9

Tha an tagraiche:

Susbaint (tuigse, mion-sgrùdadh)	Stoidhle (cleachdadh briathrachas breithneachail, a' togail luaidh bho stòran)	Eagrachadh (co-leanailteachd, structar, soilleireachd)	Comharra stèidhichte
♦ air tiotal a thaghadh nach eil soilleir no nach eil a' cruthachadh dòigh-obrach luachaidh agus/no beachdail ♦ air stòran a thaghadh nach obraich còmhla no nach cuir taic ri mion-sgrùdadh ♦ a' cleachdadh dòigh-obrach a tha dìreach fiosrachail ♦ a' gabhail a-steach nithean nach eil buntainneas ri tiotal no fòcas na h-aiste ♦ a' nochdadh dìreach tuigse eu-domhain air an raon sgrùdaidh agus is dòcha gu bheilear a' nochdadh beagan mì-thuigse air fòcas an sgrùdaidh ♦ 's dòcha nach do sheall iad ach air aon stòr anns an nuadh-chànan	♦ a' taisbeanadh glè bheag de dh'fhianais bho stòran gus taic a thoirt do cho-dhùnadh sam bith a chaidh a dhèanamh ♦ a' toirt a-steach luachan bho stòran nach eil iomchaidh no ceart ♦ tha duilgheadas aca a' cumail modh-chànain iomchaidh agus faodar cus feum a dhèanamh den chiad phearsa ♦ nach eil a' cleachdadh briathrachas breithneachail no speisealta no dh'fhaodadh beagan mì-fheum a bhith ann ♦ a' gabhail a-steach laigse ann an abairtean agus/no co-chàradh Beurla ♦ faodaidh cuid de mhearachdan firinneach a bhith ann	♦ a' sgrìobhadh gun structar, a tha a' cur bacadh air conaltradh ♦ a' nochdadh sgrìobhadh nach eil co-leantail each ♦ a' nochdadh glè bheag de dh'argamaidean agus cho-dhùnaidhean no faodaidh iad tighinn gu co-dhùnaidhean nach eil a' faighinn taic bhon fhianais	6 no 3
♦ air tiotal a thaghadh nach eil soilleir no nach eil a' cruthachadh dòigh-obrach luachaidh no beachdail ♦ air stòran a thaghadh nach eil iomchaidh no nach eil a' toirt taic do analais ♦ a' cleachdadh dòigh-obrach a tha dìreach fiosrachail ♦ a' gabhail a-steach nithean nach eil buntainneas idir ri tiotal no fòcas na h-aiste ♦ a' taisbeanadh tuigse air fòcas an sgrùdaidh a tha gu math cuingealaichte agus/no mearachdach No ♦ cha do sheall iad air stòr sam bith san nuadh-chànan	♦ chan eilear a' taisbeanadh fianais bho stòran gus taic a thoirt do cho-dhùnadh sam bith a chaidh a dhèanamh ♦ nach eil a' cleachdadh briathrachas breithneachail no speisealta ♦ nach eil air modh-chànain iomchaidh a chumail ♦ a' gabhail a-steach laigse ann an abairtean agus/no co-chàradh Beurla ♦ faodaidh cuid de mhearachdan firinneach a bhith ann	♦ a' sgrìobhadh gun structar, a tha a' cur bacadh mòr air conaltradh ♦ a' nochdadh sgrìobhadh nach eil co-leantail each troimhe ♦ chan eilear a' nochdadh argamaidean no a' tighinn gu co-dhùnaidhean	0

Structar measaidh a' chùrsa: còmhradh

Còmhradh

50 comharra

Tha riarachadh iomlan de 50 comharra aig an còmhradh. Is e seo 25% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Tha an còmhradh a' toirt air tagraichean pàirt a ghabhail ann an deasbad aghaidh-ri-aghaidh sa chànan ùr le neach-measaidh tadhail.

Rè an deasbaid, bidh tagraichean a' còmhradh air cuspairean no cuspairean co-cheangailte ri co-dhiù aon cho-theacsa bhon chomann-shòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh no cultar, agus sgrùdadh a' phròiseact folio aca air litreachas, na meadhanan no cànan cosnadh.

Tha e a' toirt cothrom do thagraichean an nuadh-chànan a chleachdadh gus na leanas a nochdadh:

- ◆ a' cleachdadh cànan labhairteach iom-fhillte agus adhartach, mar phàirt de dheasbad
- ◆ a' gabhail pàirt èifeachdach ann an deasbad
- ◆ a' cleachdadh cànan gu ceart gus brìgh a thoirt seachad sa chànan ùr-nodha
- ◆ a' cumail eadar-obrachadh mar a tha iomchaidh don adhbhar

Seatadh, libhrigeadh agus comharrachadh an taisbeanaidh-labhairt

Tha an còmhradh:

- ◆ air a stiùireadh ann an ionadan le neach-measaidh tadhail fo na cumhaichean a tha air an sònrachadh le SQA
- ◆ measadh beò air a chomharrachadh leis an neach-mheasaidh tadhail

Feumaidh ionadan mion-fhiosrachadh a thoirt seachad mu na tèaman agus cuspairean a bhios na tagraichean a' sgrùdadh, agus fòcas pròiseact folio nan tagraichean, ron thaisbeanadh. Bidh tagraichean a' lìonadh foirm STL, a dh'fheumas ionadan a chuir air adhart gu SQA gun a bhith nas fhaide na seachdain ro thoiseach an ùine measaidh tadhail (mar as trice meadhan a' Ghearrain).

Tha an còmhradh air a chlàradh leis an neach-mheasaidh tadhail.

Tha a chomharradh air a dhearbhadh càileachd le SQA.

Cumhaichean measaidh

Ùine

Is e tachartas measaidh singilte a tha sa mheasadh seo. Bidh an neach-mheasaidh tadhail a' cur fios gu ionadan gus àm(an) agus cinn-latha iomchaidh aontachadh, mar as trice sa Ghearran no sa Mhàrt.

Bu chòir don taisbeanadh a bhith mu, ach gun a bhith nas fhaide na, 20 mionaidean. Chan eil ùine shònraichte airson gach earrann; tha e an urra ris an neach-mheasaidh tadhail seo a riaghladh gu h-iomchaidh agus dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt ùine gu leòr don deasbad mu na cuspairean a chaidh an sgrùdadh agus am pròiseact folio.

Bu chòir cus fhaid a sheachnadh, agus far a bheil e soilleir gu bheil duilgheadas aig tagraichean an eadar-obrachadh a chumail suas bu chòir leantainn air adhart leis a' chòmhradh cho fada 's a ghabhas.

Aireachas, smachd agus dearbhadh

Feumaidh tidsearan is òraidichean an dleastanas proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gur e obair an tagraiche fhèin a tha san ullachadh airson an còmhradh còmhla ri notaichean taic sam bith a chleachdar na lùib.

Tha an taisbeanadh air a dhèanamh fo ìre àrd de aireachas. Tha seo a' ciallachadh:

- ♦ cha bu chòir do thagraichean còmhradh ri neach sam bith ach an neach-mheasaidh tadhail rè an taisbeanadh
- ♦ feumar àite freagarrach a chuir air dòigh airson am measadh a dhèanamh gun draghan sam bith

Goireasan

Mar chuideachadh don chuimhne, rè a' mheasaidh faodaidh tagraichean notaichean goirid a chleachdadh. Faodaidh tagraichean iomradh a thoirt air grunn phuingean anns a bheil faclan brosnachaidh, ach cha bu chòir dhaibh sin a bhith nan seantansan slàn airson an leughadh facal air an fhacal. Faodaidh iomradh tric air notaichean bacadh a chur air càileachd an taisbeanadh.

Cuideachadh reusanta

Feumaidh tagraichean an ullachadh airson a' mheasaidh a dhèanamh gu neo-eisimeileach. Ach, faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad mus tòisich am pròiseas measaidh foirmeil. Tha an teirm 'cuideachadh reusanta' air a cleachdadh gus an fheum airson taic a chothromachadh leis an fheum a bhith a' seachnadh cus cuideachaidh. Ma tha feum aig tagraichean air barrachd air na thathar a' meas mar 'cuideachadh reusanta', dh'fhaodadh nach bi iad deiseil airson measadh no dh'fhaodadh gun deach an clàradh aig ìre ceàrr an teisteanais.

Faodaidh tidsearan agus òraidichean cuideachadh reusanta a thoirt air bunait choitcheann do chlas no do bhuidheann de thagraichean. Faodaidh e cuideachd a bhith air a thoirt do thagraichean fa leth. Ach nuair a thathar a' toirt cuideachadh do thagraichean mar neach-ri-neach ann an co-theacs rudeigin a tha iad air a dhèanamh no air a thaisbeanadh mar-thà,

tha cunnart ann gun tig e gu bhith na thaic do mheasadh agus 's dòcha gum faodadh seo a bhith a' dol nas fhaide na cuideachadh reusanta.

Faodaidh an tidsear no an òraidiche beachd a thoirt seachad air na co-theacsan a thagh tagraichean mus tòisich iad ag ullachadh airson an còmhraidh.

Fianais ri thional

Feumar an fhianais tagraiche a leanas airson a mheasadh seo:

- ◆ clàradh fuaim den taisbeanadh a thèid a dhèanamh leis an neach-mheasaidh tadhail

Meud

Chan eil seo a' buntainn ris an taisbeanadh.

Stiùireadh air comharrachadh Còmhraidh

Ann an co-rèir ri cleachdadh àbhaisteach SQA, tha an stiùireadh air comharrachadh a leanas, a tha a' buntainn ris an taisbeanadh-labhairt Àrd-ìre Adhartach, ga sheòladh ris an neach-mheasaidh. Bidh iad cuideachail mar an ceudna ma thathar ag ullachadh tagraichean airson measadh a' chùrsa.

Tha fianais tagraichean air a chomharrachadh ann an ionadan le neach-measaidh tadhail an SQA.

Prionnsapalan coitcheann air comharrachadh

Bu chòir na prionnsapalan coitcheann seo a chuir an gnìomh an-còmhnaidh. Cleachd iad còmhla ris an stiùireadh mhionaideach air comharrachadh, a tha ag ainmeachadh nam prìomh fheartan a tha riatanach ann am freagairtean tagraichean.

- a Cleachd comharrachadh deimhinneach an-còmhnaidh. Tha seo a' ciallachadh gum bi tagraichean a' cruinneachadh chomharran far a bheil iad a' taisbeanadh sgilean, eòlas is tuigse a tha buntainneach; chan eilear a' toirt chomharran air falbh airson mhearachdan no dearmadan.
- b Bu chòir measadh a bhith iomlanach. Faodaidh neartan agus laigsean a bhith ann an taisbeanadh an tagraiche; bu chòir do luchd-cheartachaidh cuimseachadh cho fada 's a ghabhas air na neartan, a' toirt aire do laigsean a-mhàin far a bheil iad a' toirt buaidh mhòr air a' bheachd iomlan. Chan fheum coileanadh tagraiche a bhith foirfe airson làn chomharran fhaighinn.

Stiùireadh mionaideach air comharrachadh

Bu chòir beachdachadh air na ceithir taobhan a leanas den taisbeanadh:

- ◆ susbaint: eagrachadh, conaltradh agus leasachadh bheachdan is bharailean iomchaidh
- ◆ cruinneas: briathrachas agus structaran, fuaimneachadh agus tònachd, cruinneas gràmair
- ◆ goireas chànain: farsaingeachd agus raon de bhriathrachas agus structaran cànan air an cleachdadh
- ◆ eadar-obrachadh: a' tuigsinn agus a' cleachdadh an nuadh-chànain gus deasbad a chumail agus a bheathachadh

Is e measadh beò a tha seo agus bu chòir don neach-mheasaidh tadhail comharra a thoirt seachad dìreach às deidh an taisbeanaidh.

Gus an comharra dheireannach a ruighinn, bu chòir do luchd-cheartachaidh an toiseach taghadh an t-sreath den chlàr chomharran stèidhichte anns a bheil na tuairisgeulan a' freagairt nas dlùithe air coileanadh an tagraiche.

Aon uair 's gu bheil an t-sreath sin air a chomharrachadh:

- ♦ far a bheil an fhianais gu ìre mhòr a rèir nan tuairisgeulan thar gach taobh den choileanadh, thoir seachad an comharra as àirde den dà chomharra a tha rim faotainn
- ♦ far a bheil an fhianais gu ìre mhòr a rèir nan tuairisgeulan thar a' mhòr chuid den choileanadh, thoir seachad an comharra as ìsle den dà chomharra a tha rim faotainn
- ♦ ma tha teagamh ann dè an t-shreath a thèid a thaghadh à dà shreath a tha dlùth ri chèile: tagh an t-sreath àrd agus thoir seachad a' chomharra stèidhichte ìosal san t-sreath sin

Bidh an còmhradh a' toirt a-steach tagraichean a' cleachdadh cànan **iom-fhillte agus snasail**. Feumaidh luchd-ceartachaidh na tuairisgeulan comharran fuaighte a leanas a chleachdadh an co-bhonn ris a' chlàr gràmair, a tha air a sholarachadh ann an notaichean taic a' chùrsa.

Tha an tagraiche:

Susbaint	Cruinneas	Goireas cànan	Eadar-obrachadh	Comharran stèidhichte
◆ a' cleachdadh susbaint a tha farsaing, iomchaidh agus eagraichte ◆ gu furasta ag atharrachadh stuth ionnsaichte mar a bhios iomchaidh don deasbad ◆ a' cur an cèill bheachdan agus bharailean gu misneachdail ◆ gu furasta a' dol nas fhaide na freagairtean as lugha ◆ a' cleachdadh ghnàthasan-cainnte agus abairtean	◆ a' cleachdadh cànan le ìre àrd de chruinneas. Far a bheil an tagraiche a' feuchainn ri cànan a chleachdadh seachad air Àrd-Ìre Adhartach, chan fheum mearachdan bacadh a chur air a' bheachd iomlan ◆ a' cleachdadh gnìomhairean agus tràthan gu cunbhalach agus le ìre àrd de chruinneas ◆ a' cleachdadh fuaimneachadh agus tònachd a thuigeas neach-labhairt a' chànain gu furasta	◆ a' cleachdadh cànan iom-fhillte agus adhartach troimhe ◆ a' cleachdadh raon farsaing de ghnìomhairean/foirmean gnìomhair, tràthan agus gleusan cainnte agus feartan cànan eile ◆ a' cleachdadh eadar-churan agus ceanglaichean gu h-iomchaidh	◆ a' cumail suas an deasbaid, a' cleachdadh raon de dhòighean-obrach gu misneachail ◆ a' tuigsinn cha mhòr a h-uile rud a chaidh a ràdh sa bhad ◆ 's dòcha gun sir iad soilleireachd anns an nuadh-chànan bho àm gu àm ◆ gabhaidh iad fhèin an stiùir gu furasta ◆ a' nochdadh glè bheag de mhì-chinnt neo-iomchaidh, ma tha idir	50 no 45
◆ a' cleachdadh susbaint soilleir, freagarrach agus eagraichte ◆ faodar stuthan ionnsaichte a chleachdadh ach chan ann an-còmhnaidh iomchaidh ◆ a' cur an cèill bheachdan agus bharailean gu soilleir	◆ a' cleachdadh cànan a tha ceart sa mhòr-chuid. Far a bheil an tagraiche a' feuchainn ri cànan a chleachdadh a tha iomchaidh airson Àrd-Ìre Adhartach, chan fheum mearachdan beaga bacadh a chur air a' bheachd iomlan ◆ mar as trice a' cleachdadh gnìomhairean is tràthan gu	◆ a' cleachdadh cànan iom-fhillte agus adhartach san fharsaingeachd ◆ a' cleachdadh raon de ghnìomhairean/foirmean gnìomhair, tràthan, gleusan cainnte agus feartan cànan eile ◆ a' cleachdadh ceanglaichean	◆ a' cumail suas an deasbaid, a' cleachdadh raon de dhòighean-obrach ◆ a' tuigsinn cha mhòr a h-uile rud a chaidh a ràdh ◆ 's dòcha gun sir iad soilleireachd anns an nuadh-chànan	40 no 35

Susbaint	Cruinneas	Goireas cànan	Eadar-obrachadh	Comharran stèidhichte
♦ a' dol nas fhaide na freagairtean as lugha	cunbhalach agus gu ceart ged a dh'fhaodadh corra mhearachd a bhith ann ♦ a' cleachdadh fuaimneachadh agus tònachd a thuigeas neach-labhairt a' chànain san fharsaingeachd	♦ faodar eadar-churan a cleachdadh	♦ gabhaidh iad hèin an stiùir ♦ a' nochdadh glè bheag de mhì-chinnt agus far beagan mì-chinnt, thathar a' faighinn air ais gu math	

Susbaint	Cruinneas	Goireas cànan	Eadar-obrachadh	Comharran stèidhichte
◆ a' cleachdadh susbaint iomchaidh, freagarrach agus eagraichte ◆ faodar earbsa a chur ann an cleachdadh stuthan ionnsaichte ◆ a' cur an cèill bheachdan agus bharailean gu h-ìomchaidh ◆ a' feuchainn ri dol nas fhaide na freagairtean as lugha	◆ a' cleachdadh cànan a tha ceart sa chumantas ged a dh'fhaodadh mearachdan tighinn am bàrr tron deasbad ◆ a' cleachdadh ghnìomhairean is tràthan gu cunbhalach le ìre cheart de chruinneas ged a dh'fhaodadh mearachdan a bhith ann ◆ a' cleachdadh fuaimneachadh agus tònachd a thuigeas neach-labhairt a' chànan mar as trice, ged a dh'fhaodadh nach bi cuid de phuingeann soilleir sa bhad	◆ a' cleachdadh cànan iom-fhillte agus adhartach mar as trice ◆ a' cleachdadh raon math gu leòr de ghnìomhairean/foirmean gnìomhair, tràthan, gleusan cainnte agus feartan cànan eile ◆ a' cleachdadh cànan a tha 's dòcha ath-aithriseach agus cuid de ghnìomhairean agus abairtean stèidhichte nach eil iomchaidh airson Àrd Ìre Adhartach	◆ a' cumail suas an deasbaid gu h-ìomchaidh, a' cleachdadh cuid de dhòighean ◆ a' tuigsinn a' mhòr-chuid de na chaidh a ràdh ◆ 's dòcha gun sir iad soilleireachd anns an nuadh-chànan ◆ 's dòcha gun gabh iad fhèin an stiùir ach gum bi feum aca air brosnachadh bho àm gu àm ◆ is dòcha gum bi beagan mì-chinnt ann	30 no 25
◆ a' cleachdadh susbaint a tha cuibhrichte, is dòcha neo-ìomchaidh agus neo-eagraichte ◆ faodar tòrr earbsa a chur ann an cleachdadh stuthan ionnsaichte ◆ a' cur an cèill cuid beachdan agus barailean cuibhrichte	◆ a' cleachdadh cànan a tha ceart gu leòr airson brìgh a thoirt seachad ged a dh'fhaodadh mearachdan a bhith ann gu tric a chuireas bacadh air conaltradh ◆ a' cleachdadh ghnìomhairean is tràthan gu neo-chunbhalach le ìre neo-ìomchaidh de chruinneas ◆ a' nochdadh fuaimneachadh agus tònachd a thuigeas neach-labhairt taiceil a' chànan ged a	◆ a' cleachdadh raon cuibhrichte de chànan iom-fhillte agus adhartach ◆ a' cleachdadh raon cuibhrichte de ghnìomhairean/foirmean gnìomhair, tràthan, gleusan cainnte agus feartan cànan eile ◆ tric a' cleachdadh cànan nach eil iomchaidh do Àrd-Ìre Adhartach	◆ 's dòcha gum bi duilgheadas aca an deasbad a chumail suas ◆ 's dòcha gum bi duilgheadas aca a' tuigsinn na chaidh a ràdh ◆ 's dòcha gum feuchar ri soilleireachd a shireadh anns an nuadh-chànan bho àm gu àm ◆ chan eil iad fhèin a' gabhail an stiùir gu tric agus 's dòcha gum bi feum air beagan	20 no 15

Susbaint	Cruinneas	Goireas cànan	Eadar-obrachadh	Comharran stèidhichte
♦ 's dòcha gum bi duilgheadas a' dol nas fhaide na freagairtean as lugha	dh' fhaodadh nach bi mòran phuingean soilleir		- cuideachaidh is brosnachaidh gus ceistean a fhreagairt ♦ 's dòcha gum bithear a' còmhraidh le mòran mì-chinnt, ach nì iad oidhirp faighinn seachad air	
♦ a' cleachdadh susbaint a tha bunaiteach, neo-iomchaidh agus neo-eagraichte ♦ a' cur an cèill bheachdan agus bharailean le duilgheadas ♦ chan urrainnear a dhol nas fhaide na bhith a' cleachdadh stuthan ionnsaichte	♦ a' cleachdadh cànan mearachdach tron deasbad ♦ a' cleachdadh ghnìomhairean is tràthan gu mearachdach agus tha fìor mhearachdan ann ♦ a' cleachdadh fuaimneachadh agus tònachd nach biodh furasta a thuigsinn le neach-labhairt taiceil a' chànain	♦ a' cleachdadh glè bheag de chànain iom-fhillte agus adhartach, ma tha idir ♦ a' cleachdadh gnìomhairean/foirmean gnìomhair bunaiteach, tràthan, gleusan cainnte agus feartan cànan eile ♦ san fharsaingeachd a' cleachdadh cànan nach eil iomchaidh do Àrd-ìre Adhartach	♦ chan urrainnear an deasbad a chumail a dol ♦ tha duilgheadas aca a' tuigsinn na chaidh a ràdh ♦ gu tric feumach air soilleireachadh agus brosnachadh ♦ chan urrainn dhaibh fhèin an stiùir a ghabhail ♦ a' nochdadh mì-chinnt agus/no bacadh cànan eile a chuireas bacadh air conaltradh gu tric	10 no 5
♦ a' cleachdadh susbaint a tha glè bhunaiteach, neo-iomchaidh agus neo-eagraichte ♦ chan eilear a' cur an cèill bheachdan agus bharailean ♦ a' toirt seachad freagairtean as lugha	♦ a' cleachdadh cànan a tha cha mhòr ceàrr air fad ♦ a' cleachdadh fuaimneachadh agus tònachd a leigeadh le glè bheag de thuigse aig neach-labhairt taiceil a' chànain	♦ chan eilear a' cleachdadh cànan iom-fhillte agus adhartach ♦ faodaidh iomadh bacadh cànan eile a bhith ann	♦ chan urrainnear an deasbad a chumail a dol ♦ chan eilear a' tuigsinn na chaidh a ràdh ♦ chan eilear a' sireadh soilleireachadh ♦ cha ghabh iad fhèin an stiùir ♦ a' nochdadh mì-chinnt agus/no bacadh cànan eile a tha a' cur fìor bhacadh air conaltradh	0

Rangachadh

Tha ìrean iomlan nan tagraichean air an dearbhadh a rèir an coileanaidh thar measadh a' chùrsa. Tha measadh a' chùrsa air a rangachadh A-D a rèir a' chomharra iomlain airson a h-uile phàirt de mheasadh a' chùrsa.

Tuairisgeul ìre airson C

Aig ìre C, mar as trice bidh tagraichean a' nochdadh coileanadh soirbheachail de sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa.

Tuairisgeul ìre airson A

Aig ìre A, mar as trice bidh tagraichean a' nochdadh ìre chunbhalach àrd de sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa.

Co-ionannachd agus in-ghabhaltas

Tha an cùrsa seo air a dhealbh airson a bhith cho cothromach agus cho ruigsinneach 's a ghabhas.

Tha ar [Poileasaidh Co-ionannachd Ruigsinn do Theisteanasan SQA](#) a' soilleireachadh ar dealas do:

- ♦ Achd Co-ionannachd 2010
- ♦ foghlam an aghaidh cinneachas
- ♦ dìon còraichean chloinne
- ♦ parantachd corporra

Bu chòir beachdachadh air feumalachdan gach tagraiche nuair a bhios tu ag ullachadh cothroman ionnsachaidh, a' cruthachadh goireasan-ionnsachaidh, no a' taghadh teacsaichean.

Tha stiùireadh mu rèiteachaidhean measaidh do thagraichean le ciorram agus an fheadhainn aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd ri fhaighinn air [duilleag-lìn nan rèiteachaidhean measaidh](#).

Tuilleadh fiosrachaidh

- ♦ [Rèiteachaidhean measaidh](#)
- ♦ [Togail a' Churraicealaim 3–5](#)
- ♦ [Stiùireadh air cumhaichean measadh airson obair-chùrsa](#)
- ♦ [Stiùireadh air Measadh](#)
- ♦ [Rannsachadh SQA a rinneadh o chionn ghoirid](#)
- ♦ [Measadh aig astar](#)
- ♦ [Leabhar-làimhe SCQF](#)
- ♦ [Ìre gach teisteanas a rèir — Frèam-obrach Chreideis is Theisteanasan na h-Alba](#)
- ♦ [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha agus Sgilean Cosnaidh](#)

Pàipear-taic 1: notaichean taice a' chùrsa

Ro-ràdh

Chan eil na notaichean taice seo àithnteil. Bidh iad a' toirt comhairle agus stiùireadh do thidsearan agus òraidichean mu dhòighean air an tèid an cùrsa a libhrigeadh. Leugh notaichean taice a' chùrsa seo an co-bhonn ris an t-sònrachadh cùrsa agus an eisimpleir de phàipear(ean) nan ceistean agus obair-chùrsa.

A' leasachadh sgilean, eòlas agus tuigse

Tha an earrann seo a' toirt seachad comhairle agus stiùireadh mu sgilean, eòlas agus tuigse a dh'fhaodadh a bhith sa chùrsa. Tha sùbailteachd nach beag aig tidsearan agus òraidichean gus co-theacsan a thaghadh a bhrosnaicheas agus a bheir dùbhlann do thagraichean, a' tabhann an dà chuid farsaingeachd agus doimhneachd.

Tha na leanas a' toirt geàrr-chunntas air na sgilean, eòlas agus tuigse a chaidh a leasachadh sa chùrsa:

- ◆ sgilean leughaidh, èisteachd, còmhraidh agus sgrìobhaidh adhartach anns an nuadh-chànan, mar a tha iomchaidh don adhbhar agus don luchd-èisteachd, ann an co-theacsan a' chomainn-shòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar
- ◆ eòlas agus tuigse adhartach a tha riatanach gus cànan iom-fhillte agus adhartach a thuigsinn agus a chleachdadh, mar a tha iomchaidh don adhbhar agus don luchd-èisteachd, ann an co-theacsan a' chomainn-shòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar
- ◆ a' cleachdadh eòlas gràmair adhartach airson an nuadh-chànan a leughadh, èisteachd agus a chleachdadh
- ◆ a' cleachdadh sgilean co-dhùnaidh gus teacsaichean iom-fhillte agus adhartach a mhion-sgrùdadh agus a mheasadh anns an nuadh-chànan
- ◆ a' cleachdadh eòlas agus tuigse adhartach gus cànan iom-fhillte agus adhartach eadar-theangachadh
- ◆ mion-sgrùdadh air litreachas, meadhanan no cànan cosnadh taobh a-staigh co-theacs an nuadh-chànain

Tha eòlas gràmair anns a' chlàr gràmair (pàipear-taic 2).

Bithear a' cruthachadh fianais bho mheasadh cùrsa anns na co-theacsan a leanas: comann-shòisealta, ionnsachadh, comas-cosnadh, cultar. Thathar a' moladh leasachadh chuspairean anns a' chlàr co-theacsan agus leasachadh chuspairean (pàipear-taic 3).

Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg

Bu chòir do thidsearan agus òraidichean am breithneachadh proifeasanta a chleachdadh ann a bhith a' dealbhadh agus a' libhrigeadh a' chùrsa gus am bi e iomchaidh, buntainneach agus brosnachail do thagraichean.

Bheir ionnsachadh mu Alba agus cultar na h-Alba beairteas do eòlas tagraichean agus cuidichidh e iad gus sgilean ionnsachadh, beatha agus cosnadh a leasachadh. Bidh feum aca air na sgilean sin airson an àite a ghabhail ann an Alba eadar-mheasgte, in-ghabhalach agus com-pàirteachail agus nas fhaide air falbh. Far a bheil cothroman ann modhan ionnsachaidh agus teagaisg a chur ann an co-theacsan Albannach, bu chòir do thidsearan is òraidichean beachdachadh air seo.

Bithear a' cruthachadh fianais bho mheasadh cùrsa anns na co-theacsan a leanas: comann-sòisealta, ionnsachadh, comas-cosnaidh, cultar. Taghaidh tidsearan agus òraidichean measgachadh de chuspairean a tha tarraingeach agus brìghmhor do thagraichean. Tha e cudromach gun tèid cuspairean a libhrigeadh aig ìre iomchaidh agus gum bi tagraichean air am brosnachadh gu bhith dol an sàs ann an cuspairean ann an dòighean eadar-dhealaichte aig diofar ìrean.

Tha an cùrsa a' tabhann mòran chothroman airson pearsanachadh agus roghainn, mar eisimpleir:

Faodaidh tagraichean:

- ♦ co-theacsan agus cuspairean a thaghadh
- ♦ cothroman airson roghainn a thaobh libhrigeadh a' chùrsa far a bheil sin iomchaidh, mar eisimpleir a' taghadh freagairt labhairteach no ann an sgrìobhadh
- ♦ a' cruthachadh an targaidean/planaichean ionnsachaidh fhèin airson an cànan ionnsachadh
- ♦ na stòran agus fòcas airson mion-sgrùdadh a thaghadh airson a' phròiseact folio

Faodaidh tidsearan agus òraidichean:

- ♦ a' toirt fios air ais fa leth do thagraichean
- ♦ a' toirt seachad stuthan agus dòighean-obrach eadar-dhealaichte
- ♦ a' taghadh nam modhan measaidh as iomchaidh, a' gabhail a-steach feumalachdan fa leth nan tagraichean

Aig Àrd Ìre Adhartach, bidh tagraichean a' leasachadh comas a bhith ag obair gu neo-eisimeileach. Bu chòir do thidsearan is òraidichean tagraichean a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh dòigh-obrach cheisteach, breithneachail agus fuasgladh-cheistean a thaobh an cuid ionnsachaidh. Bu chòir cothrom a bhith aig tagraichean cuideachd sgilean rannsachaidh a chleachdadh agus a leasachadh, a bharrachd air sgilean measaidh agus mion-sgrùdaidh. Faodaidh cuid de na modhan ionnsachaidh is teagaisg a tha air am moladh airson ìrean eile (gu sònraichte, Àrd-ìre) a bhith buntainneach cuideachd.

Airson cùrsaichean Àrd-ìre Adhartach, faodaidh tòrr ionnsachaidh a bhith fèin-stiùirichte, agus iarraidh air tagraichean obrachadh leotha fhèin. Faodaidh seo a bhith gu math dùbhlach dha cuid de thagraichean, a dh'fhaodadh a bhith a' faireachdainn aonaranach aig amannan. Bu chòir ro-innleachdan a bhith aig tidsearan is òraidichean airson dèiligeadh ri seo, mar eisimpleir planadh ùine airson seiseanan fios-air-ais cunbhalach agus còmhraidhean neach-ri-neach, agus air stèidh buidhne air a stiùireadh leis an tidsear no òraidiche (far a bheil sin iomchaidh).

Bu chòir do thagraichean a dhol an sàs ann an diofar ghnìomhan ionnsachaidh mar a bhios iomchaidh, mar eisimpleir:

- ◆ a' rannsachadh fiosrachaidh seach a bhith a' faighinn fiosrachadh bhon tidsear no bhon òraidiche
- ◆ a' cleachdadh ghnìomhan ionnsachaidh gnìomhach agus fosgailte, leithid obair rannsachaidh agus taisbeanadh
- ◆ a' cleachdadh an eadar-lìn gus cùisean sònraichte a sgrùdadh agus tighinn gu co-dhùnaidhean
- ◆ a' dol an sàs ann an leughadh farsaing neo-eisimeileach
- ◆ a' clàradh gu riaghailteach toraidhean rannsachaidh agus sgrùdadh neo-eisimeileach bho dhiofar stòran
- ◆ a' taisbeanadh thoraidhean agus cho-dhùnaidhean gnìomhachd rannsachaidh is sgrùdaidh ann an taisbeanadh
- ◆ a' gabhail pàirt ann an obair-buidhne le co-aioisean, far a bheil sin iomchaidh, agus a' cleachdadh chothroman ionnsachaidh co-obrachail gus obair-sgioba a leasachadh
- ◆ a' gabhail pàirt ann an deasbad fiosraichte agus còmhradh le co-aioisean far an urrainn dhaibh sgilean a thaisbeanadh ann a bhith a' togail agus a' cumail suas taobhan argamaid gus dùbhlach is tlachd, farsaingeachd agus doimhneachd ionnsachaidh a thoirt seachad
- ◆ a' tighinn gu co-dhùnaidhean bho fhiosrachadh iom-fhillte agus adhartach
- ◆ a' cleachdadh sgilean conaltraidh is taisbeanadh sgrìobhte agus/no labhairteach iom-fhillte agus adhartach gus fiosrachadh a thaisbeanadh
- ◆ a' cleachdadh goireasan teicneòlach iomchaidh (mar eisimpleir goireasan stèidhichte air an eadar-lìn)
- ◆ a' cleachdadh ghoireasan meadhanan iomchaidh (mar eisimpleir filmichean, pod-craodhlaidhean)
- ◆ a' taisbeanadh leasachadh, adhartas agus ùrachadh dhòighean agus chleachdaidhean
- ◆ a' cleachdadh cho-theacsan agus eòlasan fìor-bheatha a tha iomchaidh agus air a bheil tagraichean eòlach gus sgilean, eòlas agus tuigse a leasachadh
- ◆ a' gabhail pàirt ann an tursan-raoin agus tursan

Bu chòir do thidsearan is òraidichean taic a thoirt do thagraichean le bhith a' còmhradh riutha agus a' toirt fios air ais gu cunbhalach. Faodar cuid de ghnìomhachdan ionnsachaidh is teagaisg a dhèanamh mar bhuidheann agus, far a bheil seo iomchaidh, faodaidh tagraichean fios air ais fhaighinn bho an co-aioisean.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean cothroman a sholarachadh gus ionnsachadh a phearsanachadh far an gabh sin dèanamh. Tha sùbailteachd ann an cùrsaichean Àrd-ìre Adhartach, agus an neo-eisimeileachd leis a bheil tagraichean a' coileanadh na h-obrach, freagarrach airson seo. Bu chòir do thidsearan is òraidichean cothroman a chruthachadh airson modhan-obrach in-ghabhalach, agus an cleachdadh, a thaobh ionnsachadh is teagasg le bhith a' brosnachadh cleachdadh measgachadh de ro-innleachdan ionnsachaidh is teagaisg a tha iomchaidh airson feumalachdan gach tagraiche. Faodaidh dòighean ùr-ghnàthach agus cruthachail air teicneòlas a chleachdadh a bhith luachmhor ann a bhith a' cruthachadh modhan ionnsachaidh agus teagaisg in-ghabhalach.

Le bhith ag ionnsachadh mu chùisean cultarail agus cuspaireil anns an dùthaich iomchaidh no dùthchannan a tha a' cleachdadh an nuadh-chànain, leasaichidh tagraichean tuigse air diofar shiostaman cultarach air feadh an t-saoghail, a' gabhail a-steach an fheadhainn aca fhèin. A' beachdachadh air diofar thaobhan cànanach, sòisio-chultarach agus eaconamach na dùthcha, no nan dùthchannan, bidh tagraichean ag ionnsachadh a' beairteachadh am mothachadh cultarach agus a' leasachadh sgilean luachmhor airson ionnsachadh, beatha agus obair.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean tagraichean a chuideachadh a dhol air adhart tron chùrsa aig an astar fhèin agus gus an urrainn dhaibh an coileanadh a shealltainn ann an diofar dhòighean. Bu chòir sgilean a bhith air an teagasg ann an dòigh còmhla, bidh an ùine a thèid a chaitheamh air gach fear an urra ri feumalachdan nan tagraichean agus na sgilean, eòlas agus tuigse a bh' aca roimhe. Bu chòir leughadh, èisteachd, còmhradh, agus sgrìobhadh a bhith air an leasachadh agus air an cleachdadh anns an dòigh as iomchaidh.

Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg: leughadh

Sgilean leughaidh

Leasaichidh tagraichean an sgilean leughaidh le bhith a' faighinn cothrom air raon cho farsaing 's a ghabhas de stuthan a tha iomchaidh don ìre, mar eisimpleir:

- ◆ comas ullachadh airson leughadh a leasachadh, mar eisimpleir a' còmhradh air cuspair pìos no a' ro-innse dè an cànan/beachdan a dh'fhaodadh a bhith ann an earrann
- ◆ a' sganadh airson fiosrachadh sònraichte
- ◆ a' grad-leughadh airson brìgh agus prìomh bheachdan earrann leughaidh
- ◆ a' tarraing air eòlas air Beurla agus cànanan eile gus tuigse a chuideachadh
- ◆ a' dèanamh feum èifeachdach de stuthan fiosrachaidh, mar eisimpleir beag-fhaclair ean agus faclair dà-chànanach
- ◆ a' cleachdadh eòlas agus tuigse adhartach air gràmar agus structar cànan gus tuigse agus eadar-theangachadh a chuideachadh
- ◆ a' cleachdadh sgilean co-dhùnaidh ann am measgachadh de theacsaichean gus adhbhar, stoidhle agus dòighean cànan iomlan a mhion-sgrùdadh
- ◆ a' leughadh measgachadh de sheòrsan agus stoidhlichean theacsaichean, leithid teacsaichean fiosrachaidh, ficsean, leabhraichean, stiùireadh, bileagan
- ◆ a' cleachdadh sgilean eadar-theangachaidh adhartach airson earrannan teacsa
- ◆ a' toirt beachd pearsanta air teacsa
- ◆ a' toirt a-mach bheachdan agus structaran airson an cleachdadh ann an raointean sgìle eile, leithid labhairt agus sgrìobhadh

Gnìomhachdan leughaidh

Faodaidh eisimpleirean de ghnìomhachdan leughadh gabhail a-steach:

- ◆ a' leughadh teacsa agus a' freagairt ceistean
- ◆ a' dèanamh geàrr-chunntas de theacsa, labhairteach no ann an sgrìobhadh
- ◆ a' dèanamh coimeas eadar dà stòr le bhith a' beachdachadh air beachdan nan ùghdair, argamaidean, cleachdadh cànan
- ◆ a' cleachdadh gnìomhachdan ro-leughaidh, mar eisimpleir a' còmhradh air cuspair pìos no a' ro-innse dè an cànan/beachdan a dh'fhaodadh a bhith ann an earrann
- ◆ a' comharrachadh cànan no beachdan sònraichte ann an teacsa
- ◆ gnìomhachdan teacsa lionadh nam bearnan
- ◆ ag eadar-theangachadh earrannan teacsa gu Beurla
- ◆ ag aithneachadh briathrachas agus bheachdan feumail a dh'fhaodar a leasachadh agus a chleachdadh ann an co-theacsan eile, mar eisimpleir le bhith a' gabhail notaichean
- ◆ a' leughadh airson tlachd, mar eisimpleir a' toirt beachd air leabhar, airtigeal no tùs sgrìobhte eile

Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg: èisteachd

Sgilean èisteachd

Faodaidh tagraichean sgilean èisteachd a leasachadh tro:

- ♦ a bhith mothachail air fuaimneachadh fhuaimean, fhacail agus abairtean fa leth agus a bhith comasach air am facal labhairteach a cheangal ris an fhacal sgrìobhte
- ♦ a bhith mothachail air mòdh agus pàtrain cainnte, mar eisimpleir ag aithneachadh an eadar-dhealachaidh eadar aithris agus ceist
- ♦ ag aithneachadh mìneachadh faireachdainn tro chànan leithid àbhachdas, toileachas, dealas, bròn, fearg, buaireadh
- ♦ ag èisteachd ri agus a' tuigsinn na tha cuideigin ag ràdh riutha agus a' freagairt gu h-iomchaidh agus anns a' mhodh-chànain ceart
- ♦ ag aithneachadh cànan bodhaig agus fiamh aodainn gus cuideachadh le tuigse
- ♦ ag amas air agus a' taghadh prìomh fhiosrachadh
- ♦ ag aithneachadh briathrachas agus bheachdan feumail a dh'fhaodar a leasachadh agus a chleachdadh ann an co-theacsan eile, mar eisimpleir le bhith a' gabhail notaichean
- ♦ ag èisteachd airson tlachd, mar eisimpleir a' toirt beachd air prògram telebhisean no pod-chraoladh

Gnìomhachdan èisteachd

Faodaidh tagraichean an sgilean èisteachd a leasachadh ann an co-theacs eadar-obrachaidh no deasbaid. Le bhith a' dèanamh na h-eadar-obrachaidhean agus/no còmhraidhean sin fìrinneach agus brìoghmhor, cuidichidh sin tagraichean ullachadh airson an èisteachd a chur ann an co-theacs. Faodaidh eisimpleirean de ghnìomhachdan èisteachd gabhail a-steach:

- ♦ ag èisteachd ri, agus a' tuigsinn, na tha cuideigin ag ràdh, agus a' freagairt gu h-iomchaidh anns a' Bheurla no san nuadh-chànan
- ♦ a' tuigsinn mar a chuidicheas gnàthasan neo-labhairteach leithid cànan bodhaig agus fiamhan aodainn gus brìgh obrachadh a-mach
- ♦ ag amas air agus a' taghadh prìomh chànan, fiosrachadh agus beachdan
- ♦ ag èisteachd ri fhèin-labhairtean agus còmhraidhean agus an uairsin, mar eisimpleir, a' freagairt cheistean mu na chuala iad no a' dèanamh notaichean gus còmhradh air na chuala iad

Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg: còmhradh

Sgilean còmhradh

Faodaidh tagraichean na sgilean labhairt aca a leasachadh san nuadh-chànan le bhith a' còmhradh leotha fhèin no taobh a-staigh eadar-obrachadh, gnothach, còmhradh no deasbad. Faodaidh eadar-obrachadh a bhith ann le tagraiche eile, tidsear no òraidiche, no neach-cuideachaidh cànan. Bu chòir do thidsearan agus òraidichean tagraichean a bhrosnachadh gu bhith a' conaltradh gu soilleir agus gheibh iad cothroman na sgilean còmhradh aca a chleachdadh gus misneachd a thogail. Faodaidh fèin-luachadh agus measadh cho-aoisean taiceil a thoirt do thagraichean ann a bhith a' togail misneachd agus a' comharrachadh raointean airson leasachadh.

Brosnaichidh co-theacsan còmhraidh tagraichean ma tha iad brioghmhor agus buntainneach.

Is dòcha gu feum tagraichean taic ann a bhith a' labhairt, gu h-àraidh far nach eil misneachd aca. Bu chòir do thidsearan agus òraidichean beachdachadh cuideachd air dynamics buidhne, mar eisimpleir taghadh cuspair airson deasbaid, cruth an t-seòmair, meud buidhne, gnè agus aois. Le bhith a' ceadachadh pearsanachadh agus roghainn a thaobh cuspair, co-theacsa agus luchd-amais thèid taic a thoirt do thagraichean.

Faodaidh tagraichean sgilean còmhraidh a leasachadh tro:

- ♦ a' gabhail pàirt ann an còmhraidh
- ♦ a bhith mothachail air fuaimneachadh fhuaimnean agus fhaclan fa leth, agus gan dèanamh fhèin so-thuigsinneach nuair a bhios iad a' leughadh a-mach no nuair a bheir iad freagairt do neach eile ann an còmhraidh no cluich-riochd
- ♦ a' cleachdadh briathrachais agus structaran cànan a chaidh a chruinneachadh bho ghnìomhan èisteachd is leughaidh
- ♦ a bhith mothachail air cainnt agus a' cleachdadh a' mhodh-chànain cheart
- ♦ a bhith mothachail air luchd-èisteachd agus adhbhar
- ♦ a' leasachadh sgilean deasbaid anns an nuadh-chànan
- ♦ a' cleachdadh gnàthasan neo-labhairteach, leithid cànan bodhaig agus seallaidhean aghaidh, gus conaltradh a chuideachadh
- ♦ a' cleachdadh eòlas adhartach air gràmar agus structaran cànan gus còmhraidh gu mionaideach

Gnìomhachdan còmhraidh

Faodaidh eisimpleirean de ghnìomhachdan còmhraidh gabhail a-steach:

- ♦ taisbeanadh agus/no deasbad air raon sgrùdaidh, rannsachaidh agus/no ùidh
- ♦ a' còmhraidh mu eòlas fa leth no a' toirt seachad fiosrachadh
- ♦ a' deasbad le co-aoisean no le tidsear no òraidiche
- ♦ pod-craolaidhean
- ♦ agallamhan meallta agus cluich-riochdan
- ♦ còmhraidhean buidhne
- ♦ còmhraidhean lìn agus co-labhairtean
- ♦ còmhraidhean gutha air loidhne

Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg: sgrìobhadh

Sgilean sgrìobhaidh

Bu chòir do thidsearan agus òraidichean tagraichean a bhrosnachadh an sgrìobhadh aca a phlanadh, mar eisimpleir le bhith a' togail eòlas air briathrachas, gràmar agus structaran cànan cuideachail agus iomchaidh. Ann a bhith a' planadh agus ag ullachadh airson sgrìobhadh, bu chòir do thagraichean beachdachadh air an luchd-èisteachd agus adhbhar an sgrìobhaidh.

Faodaidh tagraichean stuthan fiosrachaidh a chleachdadh leithid liostaichean fhaclan no faclairean agus bu chòir dhaibh feuchainn ri faclan is abairtean ‘ath-chuairteachadh’, mar eisimpleir le bhith gan cur an sàs agus gan leasachadh ann an co-theacsan ùra.

Faodaidh tagraichean sgilean sgrìobhaidh a leasachadh tro:

- ♦ a bhith mothachail gum bi buaidh aig an luchd-èisteachd air a bheilear ag amas agus an adhbhar airson pìos sgrìobhaidh a sgrìobhadh air an t-seòrsa cànan a thathar a’ cleachdadh, mar eisimpleir freagairt phearsanta an aghaidh beachdail
- ♦ a’ sealltainn cruinneas ann an litreachadh, mothachadh gràmair
- ♦ a’ sealltainn mothachadh air structar seantansan
- ♦ a’ cleachdadh stuthan fiosrachaidh, leithid faclair dà-chànanach, beag-fhaclairean agus liostaichean briathrachais
- ♦ cleachdadh fios air ais riochdachail bhon tidsear no òraidiche aca (mar eisimpleir tro bhith a’ cleachdadh notaichean còd leasachaidh sgrìobhaidh) gus càileachd an sgrìobhaidh aca a mheasadh, agus gus feuchainn ri seo a leasachadh (faic pàipear-taic 4 airson eisimpleir de chòd leasachaidh sgrìobhaidh)
- ♦ a’ cur briathrachais agus structaran cànan an gnìomh a chaidh a chruinneachadh bho ghnìomhan èisteachd is leughaidh
- ♦ a’ nochdadh deagh fheum de sgilean rannsachaidh
- ♦ a’ dreachdadh, a’ deasachadh agus a’ fèin-mheasadh an cuid sgrìobhaidh

Gnìomhachdan sgrìobhaidh

Faodaidh eisimpleirean de ghnìomhachdan sgrìobhaidh gabhail a-steach:

- ♦ a’ sgrìobhadh gus diofar bheachdan a thaisbeanadh
- ♦ a’ sgrìobhadh gus co-dhùnaidhean a tharraing
- ♦ a’ dèanamh mion-sgrùdadh air teacsa a chaidh a sgrùdadh roimhe
- ♦ a’ sgrìobhadh geàrr-chunntas air freagairt film no teacsa meadhanan eile
- ♦ a’ meorachadh air eòlas obrach
- ♦ a’ sgrìobhadh mu dhreuchdan agus/no ionnsachadh cànan san àm ri teachd

Ag ullachadh airson measadh cùrsa

Pàipear cheistean leughaidh agus eadar-theangachaidh

Leughadh

Mar ullachadh airson an earrann leughaidh den phàipear seo, bu chòir cothrom a bhith aig tagraichean na leanas a chleachdadh:

- ♦ a’ freagairt sa Bheurla do cheistean sa Bheurla
- ♦ a’ leughadh theacsaichean sgrìobhte ann an caochladh stoidhlichean, mar eisimpleir firinneach, èibhinn, mith-chainnteach, cothromach, beachdail

- ◆ a' leughadh bheachdan agus/no rùintean air an cur an cèill no tachartasan air an aithris anns an nuadh-chànan
- ◆ a' taghadh fiosrachadh iomchaidh bho theacsaichean, mar eisimpleir prìomh phuingean agus mion-fhiosrachadh
- ◆ a' dèanamh notaichean ann am Beurla fo chinn a chaidh a thoirt seachad
- ◆ a' freagairt cheistean ann am Beurla pongail agus ceart
- ◆ a' freagairt ri diofar sheòrsaichean cheistean
- ◆ a' cleachdadh faclair dà-chànanach
- ◆ freagairtean dearbhaidh
- ◆ riaghladh ùine

Ceist adhbhar iomlan

Mar ullachadh airson na ceist seo, bu chòir tagraichean a bhrosnachadh gu bhith:

- ◆ a' dèanamh geàrr-chuntas theacsaichean ann an dòigh pongail
- ◆ a' tarraing cho-dhùnaidhean bho theacsa a tha a' dol nas fhaide na dìreach fiosrachadh firinneach
- ◆ a' structaradh fhreagairtean gus argamaid agus co-dhùnadh a cheadachadh
- ◆ a' taghadh agus a' cleachdadh luachan ciallach bho theacsa
- ◆ a' cleachdadh cànan oidheamach, mar eisimpleir:
 - tha an sgrìobhadair ag impleachadh gu bheil...
 - tha seo a' moladh gu bheil...; tha seo a' daingneachadh a' phuing gu bheil...
 - tha an t-ùghdar a' càileachadh seo le bhith a' cleachdadh...
 - tha an t-ùghdar a' feuchainn ris an leughadair a bhrosnachadh le... Tha seo a' sealltainn/a' taisbeanadh/a' dealbhachadh gu bheil...
 - tha an t-ùghdar a' toirt seachad sealladh cothromach an toiseach le... agus an uair sin...
- ◆ a' toirt iomradh air stoidhle agus dòighean cànan, mar eisimpleir:
 - tòn an teacsa
 - cleachdadh fo-chinn
 - cleachdadh staitistigean
 - cleachdadh liostaichean
 - taghadh fhacail no cleachdadh ghnìomhairean agus/no buadhairean
 - a' cleachdadh luachan dìreach gus firinneas a chur ris no cuideam a thoirt air argamaidean

Tha eisimpleirean eile ri fhaighinn air làrach-lìn an SQA [A' Tuigsinn Inbhean](#)

Eadar-theangachadh

Mar ullachadh airson na ceist seo, bu chòir tagraichean a bhrosnachadh gu bhith:

- ◆ a' cleachdadh co-luachadh ghnìomhairean, le iomradh sònraichte air tràthan
- ◆ a' leantainn air adhart a' leasachadh agus a' cleachdadh sgilean faclair

- ♦ a' toirt aire air mion-fhiosrachadh
- ♦ a' dearbhadh gu faiceallach air an obair aca fhèin
- ♦ ag ionnsachadh abairtean gnàthasach anns an nuadh-chànan gus a bhith seachnadh eadar-theangachadh facal air an fhacail

Pàipear cheistean Èisteachd agus Sgrìobhadh Beachdail

Èisteachd

Mar ullachadh airson earrann èisteachd a' phàipear cheistean, bu chòir cothrom a bhith aig tagraichean:

- ♦ a' freagairt sa Bheurla do cheistean sa Bheurla
- ♦ ag èisteachd ri beachdan/rùintean air an cur an cèill no tachartasan air an aithris anns an nuadh-chànan
- ♦ a' dèanamh notaichean ann am Beurla fo chinn a chaidh a thoirt seachad
- ♦ a' ceangal an ni a chluinnear ris an fhacail sgrìobhta anns an nuadh-chànan
- ♦ a' freagairt ri diofar sheòrsaichean cheistean
- ♦ a' dèanamh ath-sgrùdadh air briathrachas cumanta, mar eisimpleir àireamhan, abairtean ùine

Sgrìobhadh Beachdail

Mar ullachadh airson earrann sgrìobhadh Beachdail anns a' phàipear cheistean, bu chòir cothrom a bhith aig tagraichean:

- ♦ ag ath-chleachdadh bheachdan, fiosrachadh, briathrachas agus structaran bho sgilean eile
- ♦ a' beachdachadh no ag innse diofar bheachdan a bhuineas ris an tiotal
- ♦ a' cleachdadh dhòighean agus cànan beachdail
- ♦ a' planadh agus a' cruthachadh aistean
- ♦ a' cleachdadh eòlas gràmair adhartach ann an sgrìobhadh
- ♦ a' cur an cèill bheachdan agus bharailean a' cleachdadh cànan iom-fhillte agus snasail

Tha eisimpleirean de phàipearan-cheistean agus seann phàipearan air am foillseachadh air [Duilleag a' chuspair Nuadh-chànanan Àrd-ìre Adhartach](#)

Tha eisimpleirean eile ri fhaighinn air làrach-lìn an SQA [A' Tuigsinn Inbhean](#)

Pròiseact folio

Mar ullachadh airson aiste a' phròiseact folio bu chòir do thagraichean:

- ♦ fòcas iomchaidh a thaghadh airson na h-aiste. Is dòcha gum feum seo a bhith gu math cumhang gus am faighear mion-sgrùdadh nas doimhne
- ♦ dèanamh cinnteach gu bheil prìomh stòran a' toirt seachad stuth gu leòr airson mion-sgrùdadh
- ♦ dèanamh cinnteach gu bheil stòran sam bith eile a' buntainn ri fòcas na h-aiste

- ♦ tiotal a sgrìobhadh nach eil ro àrd-mhiannach, neo-shoilleir no ro choitcheann, ach a ghineas dòigh-obrach beachdail agus/no luachaidh
- ♦ plana a chruthachadh agus clàr adhartais a chumail a' cleachdadh leabhar-latha no a leithid

Nuair a thathar a' sgrìobhadh na h-aiste bu chòir na leanas a chur an cuimhne thagraichean:

- ♦ tha e cudromach gabhail ris a' mhodh-chànain cheart airson pìos sgrìobhaidh foirmeil
- ♦ 's e adhbhar a' phròiseact folio mion-sgrùdadh a dhèanamh air na stòran, gun a bhith ag ath-aithris na th' anna
- ♦ bu chòir briathrachas breithneachail a bhith air a ghabhail a-steach mar a bhios iomchaidh. Airson mion-sgrùdadh litreachais dh'fhaodadh iad seo a bhith a' toirt a-steach iomraidhean air, mar eisimpleir:
 - tònna
 - modh-chànain
 - sealladh aithriseach
 - structar
 - pàtranan rann
 - cleachdadh iomhaighean
 - metaphor agus figearan cainnte eile
 - stoidhle an sgrìobhaidh (mar eisimpleir leabhar-latha, sruth mothachaidh)
 - seòrsa de chànain a thathar a' cleachdadh (mar eisimpleir, fìor thuairisgeulach, mith-chainnteach)
 - a thaobh film dh'fhaodadh seo a bhith a' toirt a-steach iomraidhean air, mar eisimpleir iomhaighean, buadhan, cinematography, cleachdadh sealladh-air-ais
- ♦ feumaidh briathran bho thùsan a bhith iomchaidh agus air an cur an cèill san nuadh-chànain
- ♦ bu chòir structar soilleir a bhith aig an aiste, leis a' cho-dhùnadh a' buntainn gu dìreach ris an tiotal
- ♦ tha e cudromach dèanamh cinnteach gu bheil Beurla shoilleir agus cheart anns an aiste. Tha e deatamach gun tèid structar seantansan, litreachadh agus puingeachadh a dhearbhadh gu faiceallach

Thoiribh sùil air [obair measadh a' phròiseact folio](#) airson tuilleadh fiosrachaidh.

Tha eisimpleirean eile ri fhaighinn air làrach-lìn an SQA [A' Tuigsinn Inbhean](#)

Còmhradh

Ann an ullachadh airson an còmhradh, bu chòir cothrom a bhith aig tagraichean:

- ◆ a' cleachdadh cànan iom-fhillte agus adhartach san nuadh-chànan ann an deasbad
- ◆ a' togail banca abairtean gus taic a thoirt don chòmhradh
- ◆ ag èisteachd ri agus freagairt a thoirt do dhaoine eile, a' gabhail an stiùir far a bheil sin iomchaidh
- ◆ a' cleachdadh dhòighean tàraidh agus dòighean-obrach deasbaid gus eadar-obrachadh a chumail suas
- ◆ a' cleachdadh dhòighean neo-labhairteach, mar eisimpleir seallaidhean aghaidh agus cànan bodhaig gus brìgh a mheasadh agus a thoirt seachad

Thoiribh sùil air [obair measadh còmhradh](#) airson tuilleadh fiosrachaidh.

Tha eisimpleirean eile ri fhaighinn airson luchdachadh a-nuas bho làrach thèarainte SQA tron cho-òrdanaiche SQA agad.

Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh

Bu chòir do thidsearan agus òraidichean cothroman a chomharrachadh air feadh a' chùrsa airson tagraichean a bhith a' leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh.

Bu chòir fios a bhith aig tagraichean mu na sgilean a tha iad a' leasachadh agus faodaidh tidsearan agus òraidichean comhairle a thoirt seachad mu chothroman gus an cleachdadh agus an leasachadh.

Chan eil SQA a' dèanamh measadh foirmeil air sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh.

Dh'fhaodadh gum bi cothroman ann cuideachd sgilean a bharrachd a leasachadh a rèir na dòigh-obrach a bhios ionadan a' cleachdadh gus an cùrsa a libhrigeadh. Tha seo airson tidsearan is òraidichean fa leth a riaghladh.

Tha an clàr gu h-ìosal a' toirt seachad molaidhean air mar a thèid na sgilean sin a leasachadh sa chùrsa.

Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg
1.1 Leughadh 1.2 Sgrìobhadh 1.3 Èisteachd agus còmhraidh	Bidh an cùrsa a' cur ri leasachadh sgilean litearrachd le bhith a' toirt chothroman do thagraichean èisteachd is còmhraidh, leughadh agus sgrìobhadh ann an nuadh-chànanan, agus a bhith a' meòrachadh air mar a tha seo a' buntainn ris a' Bheurla.
4.6 Saoranachd Tha saoranachd a' gabhail a-steach a bhith draghail mun àrainneachd agus mu dhaoine eile; a bhith mothachail air còraichean agus dleastanasan; a bhith mothachail air a' chomann dheamocratach; a bhith a' coimhead a-mach air a' chomann-shòisealta; a bhith comasach air an àite pearsanta aithneachadh sa cho-theacsa seo; a bhith mothachail air cùisean cruinneil; a' tuigsinn nan dleastanasan a th' agad taobh a-staigh iad sin, agus ag obair gu ciallach.	Ionnsaichidh tagraichean mu chultar, nòsan, cleachdaidhean agus creideasan dùthaich eile agus leasaichidh iad na ceithir sgilean cànan agus eòlas ann an cànan eile. Leasachaidh na co-theacsan: comann-shòisealta, ionnsachadh, comas-cosnaidh, cultar taobh a-staigh a' chùrsa tuigse nan tagraiche air cùisean saoranachd ann an dùthaich eile a bharrachd air a bhith a' brosnachadh tuigse mun chultar agus mun choimhearsnachd aca fhèin.
5.3 Cur an gnìomh Is e cur an gnìomh an comas fiosrachadh a th' agad a chleachdadh gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadas ann an co-theacsa eadar-dhealaichte, agus gnìomh a	Far an gabh sin dèanamh, bu chòir do thidsearan agus òraidichean cothrom a thoirt do thagraichean na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a tha iad air a leasachadh a chur an sàs ann an cuspairean agus co-theacsan ùra. Cleachdaidh tagraichean na

Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg
phlanadh, eagrachadh agus a chrìochnachadh. 5.4 Mion-sgrùdadh agus luachadh Is e mion-sgrùdadh agus luachadh an comas smaoineachadh breithneachail a chleachdadh gus beachdachadh air airidheachd diofar argamaidean agus co-dhùnaidhean a thaisbeanadh.	tha fios aca mu thràth, mar eisimpleir nuair a chleachdas iad structar air a bheil iad eòlach airson sgrìobhadh ach a chleachdas iad susbaint eadar-dhealaichte. Leasaichidh tagraichean cuideachd an comas air gnìomhan a phlanadh, a chur air dòigh agus a chrìochnachadh nuair a bhios iad a' gabhail os làimh gnìomhan cànan, mar eisimpleir a' dealbhadh duilleag-lìn anns an nuadh-chànan. Bidh tagraichean a' beachdachadh air measgachadh de stòran gus an co-dhùnaidhean aca a thaisbeanadh agus a dheasbad ann an cruth sgrìobhte agus labhairteach.

Pàipear-taic 2: clàr gràmair

Gnìomhairean

	Nàiseanta 3	Nàiseanta 4	Nàiseanta 5	Àrd-ìre	Àrd-ìre Adhartach
Neach	Tha an neach a tha an sàs ann air a chomharrachadh gu soilleir le riochdaire agus/no ainmear. Tha brìgh a' ghnìomhair soilleir.	Beachd air crìoch ghnìomhairean airson ghnìomhairean riaghailteach agus ghnìomhairean neo-riaghailteach cumanta. Feumaidh neach a bhith soilleir bhon ghnìomhair mura h-eil an cànan a' cleachdadh ainmearan mar as trice.		Gnìomhairean neo-riaghailteach nach eil cho cumanta.	
Àm	Is dòcha gu bheil an ùine neo-shoilleir bhon ghnìomhair. Faodaidh faclan ùine eile an t-àm a dhèanamh follaiseach.	Bun-bheachd air tràth làthaireil, teachdail agus caithte soilleir bhon ghnìomhair (ged a dh'fhaodadh a bhith gu math mearachdach ann an cruth). Meudachadh cruinneas foirm ann an ghnìomhairean riaghailteach agus an uair sin ghnìomhairean neo-riaghailteach cumanta agus nach eil cho cumanta.	Anns an fharsaingeachd riochdan aithnichte de: tràth làthaireach tràth teachdail sa bhad (no tràth teachdail) tràth coileanta tràth neo-choileanta	tràth teachdail tràth ro-làn (no tràth co-ionann)	tràthan caithte eile
Modh/ mòd	Beachdan air thoil (bu thoil...); a bhith comasach air; modh òrdaingheach (feumar rudeigina a dhèanamh...) mar a chaidh ionnsachadh ann an abairtean cumanta.	Beagan cleachdadh de chruthan ghnìomhairean.	Smachd air ghnìomhairean mòdach ann an tràthan cumanta. (gnìomhairean) a' mìneachadh creideamhan, beachdan tràth cumhach no tràth co-ionann (ma tha seo iomchaidh)	(gnìomhairean) a' mìneachadh faireachdainnean, dòchasan ag aithris beachdan no cainnt aig daoine eile	mòdan ann an tràthan nach eil cho cumanta foirmean fo-leantach
Òrdughan	Òrdughan singilte/iolra cumanta.	Riaghailtean òrdugh airson ghnìomhairean cumanta neo-riaghailteach/riaghailteach.			

Ainmearan

	Nàiseanta 3	Nàiseanta 4	Nàiseanta 5	Àrd-ìre	Àrd-ìre Adhartach
Gnè		Beachd air gnè; a' cuimhneachadh nam faclan cumanta.	Cuid cleachdaidhean àbhaisteachd air gnè, le cruinneas a' fàs nas cumanta ann an ainmearan fa leth.		
Àireamh	Singilte/iolra air a chomharrachadh le ainmear, no alt no àireamh no deireadh airson faclan cumanta.	Ainmearan cumanta le iolra neo-riaghailteach.	Riaghailtean air cruthan iolra.		
Tuiseal	←-----	Ma tha e iomchaidh, tha an tuiseal air a dhèanamh follaiseach gu leòr gus brìgh shoilleir a thoirt seachad leis an ainmear no leis an alt mar a dh'fheumar.	Beachd tuiseal air a nochdadh le ainmear no mion-atharraiche mar a bhios iomchaidh.		

Riochdairean

Cuspair/ cùisear/	(Faic neach a' ghnìomhair gu h-àrd) Ma tha e iomchaidh, comasach diofar a dhèanamh eadar <i>mi/thu/sinn/iad</i> mar cùisear no cuspair.	Riochdairean cùisear agus cuspair dìreach (uile).	Riochdairean cuspair neo- dhìreach (mar a tha iomchaidh sa chànan).		
Ath- bhualteach	←-----	Cruthan ath-bhualteach gnìomhairean cumanta còmhla ri riochdairean mar abairtean cuimhnichte.	Cruthan ath-bhualteach le gnìomhairean cumanta ann an tràthan iomchaidh.		
Làidir	A' chiad/an dàrna phearsa.		A h-uile pearsa.		
Dàimheach				Riochdairean dàimheach cumanta, ann an tuisealan eadar-dhealaichte mar a tha iomchaidh.	Riochdairean dàimheach neo- chumanta.
Suidheachadh		Beachd air suidheachadh riochdairean dìreach no neo- dhìreach (Nòta: òrdughan).	Beachd air riaghailtean far a bheil barrachd air aon riochdair an sàs.		

Buadhairean

	Nàiseanta 3	Nàiseanta 4	Nàiseanta 5	Àrd-Ìre	Àrd-ìre Adhartach
Riaghailtean aontachaidh		Beachd aonta agus foirmean cumanta – riaghailteach agus cuid neo-riaghailteach.	Meudachadh foirmean neo-riaghailteach no riaghailtean crìochnachaidh airson tuiséal mar a tha iomchaidh.		→
Riaghailtean suidheachadh		Beachd air suidheachadh buadhairean.	Riaghailtean suidheachadh.		→
Sealbheachdan	Mo/Do.	Comharradh seilbh airson gach duine.	Aontachadh mar a tha iomchaidh.		→
Ìrean Coimeasach/ feabhasach	Comharrachadh ìre choimeasach.	→	Ìrean choimeasach neo-riaghailteach. Beachd air ìrean fheabhasach.	Ìrean choimeasach agus feabhasach neo-chumanta.	→

Co-ghnìomhairean

Riaghailtean òrdugh			Beachd (far a bheil sin iomchaidh) air riaghailtean òrduigh.		→
Ìrean Coimeasach/ feabhasach	Comharrachadh ìre choimeasach.	→	Ìrean choimeasach neo-riaghailteach. Beachd air ìre fheabhasach.	Ìrean choimeasach agus feabhasach neo-chumanta.	→

Roimhear

	Nàiseanta 3	Nàiseanta 4	Nàiseanta 5	Àrd-Ìre	Àrd-ìre Adhartach
		Beachd gum faod roimhearan atharrachadh tuiséal / cruth ainmear / alt, msaa mar a tha iomchaidh.	Buaidhean roimhearach as cumanta.		→
				Buaidhean roimhearach neo-chumanta.	→

Pàipear-taic 3: co-theacsan agus leasachadh chuspairean

Tha an clàr gu h-ìosal a' mìneachadh leasachadh a chaidh a mholadh air na ceithir co-theacsan:

Co-theacsa	Leasachadh cuspair
Comann-sòisealta	◆ dàimhean agus structaran teaghlaich ◆ pòsadh, com-pàirteachas catharra, agus/no a' fuireach mar chàraid ◆ co-ionannachd gnè ◆ duilgheadasan dhaoine òga, mar eisimpleir smocadh, drogaichean, agus/no deoch làidir ◆ burraidheachd ◆ buaidhean agus cuideaman sòisealta ◆ cion-cosnaidh ◆ meadhanan ◆ buaidh na h-àma dhidseatach agus/no teicneòlas ◆ cànanan cruinne ◆ mion-chànanan agus an cudromachd/an ceangal ri cultar ◆ saoranachd ◆ deamocrasaidh ◆ poilitigs agus/no cosnachadh poilitigeach ◆ còraichean daonna ◆ cùisean àrainneachd
Ionnsachadh	◆ stoidhlichean ionnsachaidh ◆ cudromachd ionnsachadh cànan ◆ buannachdan agus/no eas-bhuannachdan foghlam àrd-ìre no adhartach ◆ a' taghadh oilthigh no colaiste ◆ ionnsachadh fad beatha ◆ bliadhna beàrn

Co-theacsa	Leasachadh cuspair
Comas-cosnadh	♦ a' planadh airson obraichean san àm ri teachd ♦ foghlam àrd-ìre ♦ cothroman bliadhna beàrn a dh'fhaodadh a bhith ann ♦ ag obair thall thairis ♦ slighe dreuchd ♦ co-ionannachd san àite-obrach ♦ ag ullachadh airson agallamh obrach ♦ cudromachd cànan ann an co-theacsan cruinneil ♦ cothroman obrach ♦ obair shaor-thoileach agus charthannach
Cultar	♦ a' gabhail bliadhna beàrn ♦ a' siubhal ♦ a' fuireach ann an comann ioma-chultarach ♦ ro-bharail chultarach ♦ claon-bhreith ♦ gràin-cinnidh ♦ in-imrich ♦ àite traidiseanan ann an cultaran eadar-dhealaichte ♦ cleachdaidhean agus creideamhan ♦ litreachas, na meadhanan, film agus telebhisean

Pàipear-taic 4: còd leasachaidh sgrìobhaidh

Eisimpleir de chòd leasachaidh sgrìobhaidh:

Còd	Ciall
^	dearmad/rudeigin a dhìth
ab	aonta buadhair/duilgheadas le aonta a' bhuadhair(ean)
str	stràc a dhìth
sb	suidheachadh buadhair/duilgheadas le suidheachadh buadhair(ean)
fac	faclair/facal ceàrr
fb	chan eil feum air facal/faclan a bharrachd
g	gnè
gr	duilgheadas gràmair/gràmar ceàrr
gd	gnìomhair a dhìth
fd	facal a dhìth
pù	paragraf ùr
sù	seantans ùr
roimh	roimhear ri dearbhadh
pung	pungadh
ath	ath-aithris
c? (loidhe fon teacsa)	chan eilear a' dèanamh ciall
sin/iol	singilte/iolra
lit	litreachadh
struct	structar - ceàrr no nach eil ann
t	tràth
cg	crìoch gnìomhair
tg	tràth gnìomhair ceàrr
of	òrdugh faclan
fc	facal ceàrr

Làraichean-lìn feumail

Faodaidh an liosta gu h-ìosal goireasan a thoirt seachad a tha freagarrach airson cùrsa Nuadh-Chànanan Àrd-ìre Adhartach.

- ♦ [Duilleag a' chuspair Nuadh-chànanan Àrd-ìre Adhartach](#)
- ♦ [Stuthan tagraiche agus sgrùdaidhean cùise deagh chleachdadh](#)
- ♦ [Deasachaidhean de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig ann am Beurla agus Gàidhlig](#)
- ♦ [CPD agus stuthan webinar](#)
- ♦ [Cùrsaichean trèanaidh agus tachartasan SQA](#)
- ♦ [Goireasan tro Ushare](#)

Fiosrachadh rianachd

Foillsichte: An Cèitean 2019 (dreach 2.0)

Eachdraidh atharrachaidhean

Dreach	Tuairisgeul air atharrachadh	Deit
2.0	Notaichean taic cùrsa; grid gràmair toraidh; co-theacsan agus leasachadh chuspairean; agus còd leasachadh sgrìobhaidh air a chur ris mar phàipearan-taice.	An Cèitean 2019

Thoir fa-near: seall ri làrach-lìn SQA gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreach as ùire den sgrìobhainn seo.